

6 a.

H.M. 282.









1-10

1

*Fonndaidh Donaidh 1800*  
LEABHAR CEASNUCHaidH,

CHUM

*Luchd-Comunachaidh Fhoghlum*

ANN AN EOLAS AIR GNE AGUS FEUM

*Sàcramaint Suipeir an Tighearna,*

AGUS ANNS NA TEAGAISGIBH 'S NA DLEASDANAISIBH  
A TA LEANTUINN AN ÒRDUIGH SIN.

---

*Air eadar-thuagachadb o Bheurla,*

A. M. THOMSON,

MINISTEIR 'AN DUN-EUDAINN.

---

LE

*UISTEAN FRIOSAL,*

MINISTEIR SAN OBAN.

---

DUN-EUDAINN:

*Clo-Bhuailte le T. Stiubhart,*

AGUS R'AN REIC LE GUTHRIE AGUS TAIT, LUCHD-REIC  
LEABHRUICHEAN AN DUN-EUDAINN.

---

1813.



LAURISTON CASTLE  
LIBRARY ACCESSION



CHA 'n 'eil e air a chiallachadh gu 'm biodh an Leabhar Ceasnachaidh so a leanas air fhaotainn gu h-iomlan air mheoghair, mar a ta Leabhruichean cheist eile am bi-dheantas air an ionnsachadh. Tha chuid is mò de na freagraibh co fhada 's gu bheil e 'g a fhàgail so ann an tomhas mòr do-dheanta. Ach tha an t-iomlan air a chur sìos mar Leabhar Ceasnachaidh chionn gu 'n do mheasadh gur e so dòigh theagaisg is freagarrache chum eolas a chopàirteachadh le socair, le soilleireachd, agus le tairbhe.

'S e iarrtus dùrachdach an Ughdair gu 'm biodh an t-saothair bheag' so, le beannachadh an Tighearna, feumail chum mòran a theagasg agus a dhaighneachadh ann am fìrinnibh an t-Soisgeil.



## LEABHAR CEASNUCHaidH, &c.



1. Ceisd. *Ciod iad na h-earrannan sin de'n Tiomnadh Nuadh tha deanamb iomradh air Sàcramaint Suipeir an Tighearna?*

*Freagradh.* Mata xxvi. 26.—Marc. xiv. 22.—Lucas xxii. 19.—1 Corint. xi. 23.

2. C. *Cò leis a chuireadh air chois an t-Sàcramaint so?*

F. Le Iosa Criosd, Mac Dhe, agus Slàn-  
uigh'ear an t-saoghail.

3. C. *C'uin a chuir e air chois e?*

F. Air a cheart oidhch' anns an d' rinn Iudas a bhrath thairis do lamhaibh a naimh-  
dean.

4. C. *Ciod iad ainmean na Sàcramaint so?*

F. Suipeir an Tighearna, an *Eucharuist*, agus an *Comunachadh*.

5. C. *C'arson a theirear Suipeir an Tighearna ris an òrdugh so?*

*F.* Chionn gu'n do shònraicheadh le Crìosd e air ball an déigh dha Suipeir na Càisg'itheadh maille r'a dheisciobluih, agus gur còir an t-Sàcramaint so a mheas le Crìosduidhean mar chuirn ann an urram d'an Tighearna.

6. C. *C'arson a theirear an Eucharuist ris ?*

*F.* Chionn gu bheil e na aobhar buidheachais shònraichte do Dhia, arson a mhaith-eas 'na Mhac fein a thoirt suas chum ar saoradh ; oir ata am focal *Encharuist* a' ciallachadh *Breith-buidheachais* 'sa cheud chà'nain.

7. C. *C'arson a theirear an Comunachadh ris ?*

*F.* A chionn gur Comunn so ri Crìosd ar Slanuigh'ear ; no, gur Comunn e gach aon r'a chéile mar dheisciobuil Chrìosd.

8. C. *Am b'e rùn Chrìosd gu 'm biodh an t-Sàcramaint so air a coimhead do ghnà anns gach linn de 'n euglais.*

*F.* B'e.

9. C. *C'arson a ta thu a smuaineachadh so ?*

*F.* Do bhrìgh gu bheil an t-Abstol Pol aig ràdh “ Cia minic 's a dh'itheas sibh an t-aran so, agus a dh'òlas sibh an cupan so, tha

sibh a' foillseachadh bàis an Tighearna *gus an d' thig e* ;” (1 Corint. xi. 26.) agus do thaobh gun robh Luchd-aidmheil a chreidimh Chriosduidh ann an ceud liannibh na h-euglais, muinntir aig an robh gach cothrom chum eolas ceart fhaotainn, sa bharail so, 's gu 'n do bhunaich iadsan ann an coimhead na Sàcramaint so, an déigh do na Deisciobuil agus na h-Abstoil an saoghal fhàgail.

10. C. *Cia minic bu chóir an t-Sàcramaint so a choimhead?*

F. Cha 'n'eil an Scriobtuir a' toirt riaghailt àraidh air bith dhuinn air a cheann sin ; ach air chinnte faodaidh sinn a smaoineachadh, o ghnè agus o rùn an òrduigh, gur còir dhuinn a ghabhail co minic 's a bhitheas cothrom aguinn, 's ata e freagarrach d'ar cor.

11. C. *Ciod iad na combarran faicinneach a ta air an gnàthachadb anns an t-Sàcramaint so?*

F. Aran agus fìon.

12. C. *Ciod a rinn ar Slànuighear mu 'n do roinn e an t-aran agus am fìon?*

F. Thug e buidheachas, agus bheannuich e iad.

13. C. *Ciod a ta so a' teagasg dhuinne?*

*F.* Tha so a' teagasg dhuinne ar taingealachd a chur an céill do Dhia airson a mhòr agus a chaomh thròcair mu 'n copàirtich sinn de 'n òrdugh, agus a bhi 'g earbsa r'a bheannachd fein mar an t-aon ni a ta comasach an t-òrdugh a dheanamh da rìreadh feumail.

14. *C.* *Ciod a ta an t-aran agus am fìon a ghnàthaichear ann an Suipeir an Tighearn a' cur an céill.*

*F.* Tha an t-aran a ta air a bhriseadh, agus am fìon a ta air a dhòrtadh a mach, a' cur an céill cuirp Chrìosd air a bhriseadh, agus fhuil air a dòrtadh; no ann am briathraibh ni 's freagairriche, tha iad a' cur an céill an iobairt rèite sin a thug Chrìosd suas do Dhia, 'nuair a bhriseadh a chorp agus a dhòirteadh fhuil air a chrann-cheusaidh.

15. *C.* *Cia mar a ta so soilleir?*

*F.* O bhriathraibh Chrìosd 'nuair a shocraich e an t-òrdugh; an uair a thug ar Slàn-ùigh'ear an t-aran d'a dheisciobluibh thubhairt e, “ Is e so mo chorp a ta air a thabhairt air bhur sonsa;” agus 'nuair a thug e dhoibh an cupan thubhairt e, “ Is e an cupan so an Coimhcheangal Nuadh ann am fhuilse a ta air a dòrtadh air bhur sonsa.”

16. C. *Ciod a ta thu ciallachadh le Criosd ga thoirt fein suas 'na iobairt arson peacaidh?*

F. Tha mi a' cialluchadh gu 'n d' rinn esan, 'n ar n-àite, agus air ar son, e fein a strìochdadh do chorruch agus do mhallachadh Dhè a thoill sinne, air dhuinn a lagh naomhs' a bhriseadh."

17. C. *An d' thug Criosd da rìreadh suas e fein na iobairt arson peacaidh?*

F. Thug : tha so air innse' dhuinn 'san sriobtuir ann am briathraibh co soilleir 's a dh'fhaodas cainnt a chur an céill.

18. C. *Ciod iad briathran an sriobtuir air a cheann so?*

F. " Agus gluaisibh ann an gràdh, eadhon mar a ghràdhaich Criosd sinne, agus a thug se e fein air ar son, 'na thabhartas agus 'na iobairt deadh-bholaidh do Dhia." (Ephes. v. 2.)

" A ta eadhon Criosd ar n-Uan càisge air ìobradh air ar son." (1 Cor. v. 7.)

" Dh' fhuiling Criosd fein aon uair air son peacaidh, am fìrean air son nan neo-fhìrean, chum gu 'n d' thugadh e sinne

“ gu Dia, air dha bhì air a chur gu bàs san  
 “ fheoil.’ (1 Phead. iii. 18.)

“ Agus tha gach uile Shagart a’ seasamh  
 “ gach là, a ’frithealadh agus a’ toirt suas  
 “ nan iobairt ceudna gu minic, nithe do  
 “ nach ’eil e’n comas a choidhch peacanna  
 “ thoirt air falbh; ach an duine so (Criosd),  
 “ an déigh dha aon iobairt a thoirt suas air  
 “ son peacaidh, shuidh e a choidhch tuilleadh  
 “ air deas làimh Dhé.” (Eabh. x. 11, 12.)

19. C. *Am faodar earbs’ as an iobairt  
 so ata air a’ cur an céill ann an Suipeir an  
 Tighearna, mar lùn-chomasach a fbreagradb  
 na ’n crìoch air son an do thairgeadh i ?*

F. Faodar; a chionn gu robh an iobairt  
 so araon air a sònrachadh le Dia, agus gu’n  
 do ghabh esan rithe le taitneachd.

20. C. *C’ionnas a ta fios agad gu ’n do  
 sbónraicheadb an iobairt so le Dia ?*

F. O’n samhail so de dh’ earrannaibh de’n  
 scriobtuir :

“ Oir is ann mar sin a ghràdhaich Dia an  
 “ Saoghal gu’n d’ thug e aon-ghin Mhic  
 “ fein, chum ge b’e neach a chreideas ann  
 “ nach sgriosar e, ach gu ’m bi a’ bheatha  
 “ shiorruidh aige.” (Eoin iii. 16.)



“ Leag an Tighearn air-san (’s e sin Crìosd)  
 “ aingidheachd gach aoin dinn.” (Isai. liii. 6.)

“ Air dhoibh bhi air am fìreanachadh gu  
 “ saor le a ghràs, tre an t-saorsa a ta ann an  
 “ Iosa Crìosd : Neach a shònraich Dia ’na  
 “ iobairt-réitich, trid creidimh ’na fhuil,  
 “ chum fìreantachd fhoillseachadh le maith-  
 “ eanas nam peacadh a chaidh seachad, tre  
 “ fhad-fhulangas Dé.” (Rom. iii. 24,  
 “ 25.)

21. C. *C’ionnas a ta fios agad gu’n do  
 ghabh Dia ris an iobairt a thug Crìosd suas ?*

F. Tha mi tuigsinn so o bhrìgh an t-soisg-  
 eil gu h-iomlan, mar tha e air a chuir sios  
 anns na nithibh a sgrìobh na Soisgeulaich  
 agus na h-Abstoil, agus gu h-àraidh o na  
 h-earrannaibh so a leanas :

“ A ta sinn a’ deanamh gàirdeachais ’an  
 “ Dia, trid ar Tighearna Iosa Crìosd, trid  
 “ an d’fhuair sinn a nis an réite.” (Rom.  
 v. 11.)

“ Dh’ irioslaich e (se sin Crìosd,) e fein,  
 “ agus bha e umhal gu bàs, eadhon bàs a  
 “ chroinn-cheusaidh. Air an aobhar sin  
 “ dh’ àrdaich Dia e (mar chomharra gu do  
 “ ghabh e ris,) gu ro àrd mar an ceudna,

“ agus thug e dha ainm os ceann gach uile  
 “ ainme.” (Philip. ii. 8, 9.)

“ Is ann o Dhia a ta na h-uile nithe, neach  
 “ a rinn sinn réidh ris féin tre Iosa Críod,  
 “ agus a thug dhuinn ministeireachd na  
 “ réite ; eadhon gun robh Dia ann an Críod  
 “ a’ deanamh an t-saoghail réidh ris féin,  
 “ gun bhi a’ meas an cionta dhoibh.” (2  
 Corint. v. 18, 19.)

22. C. *Am bheil bàs no iobairt Chríod air  
 a chrann, gu bhi air a mbeas mar ni air bitb a  
 thuilleadh air réite air son peacaidb ?*

F. Tha : tha bàs Chríod a thuilleadh air  
 so gu bhi air a mheas mar chuibhrionn dheir-  
 eannach na h-ùmhlachd sin do lagh Dhé, a  
 ghabh esan os laimh a thoirt uaith mar “ an  
 “ Tighearn ar fireantachd ;” agus do bhrìgh  
 gu robh e ’san àm sin ann an staid fulangais,  
 theirear ris an ùmhlachd so an bitdheantas  
 ùmhlachd *fhulangais* Chríod, mar a ta coil-  
 ionadh iartuis an lagha leis-san fhad ’s a  
 bha e air thalamh, air a ghairm na umhlachd  
*ghniombaich*.

23. C. *Nach ’eil bàs Chríod, uime sin, air  
 a nochdadh ’s an scriobtuir, mar aobhar luach-*

*mhoir nam beannachda sin uile a ta air am buileachadh trid an t-soisgeil?*

F. Tha : tha an t-Abstol Paul ag ràdh “ cha  
 “ d’òrduich Dia sinn chum feirge : ach chum  
 “ slàinte fhaotainn trid ar Tighearna Iosa  
 “ Criosd ; a fhuair bàs air ar son, chum co  
 “ aca is codal no faireach dhuinn, gu ’m  
 “ bitheamaid beo maraon ris.” (1 Tesal.  
 v. 9, 10.)

24. C. *Am bheil maitheanas peacaidh air a chur as leth bàis no iobairt Chriosd ?*

F. Tha : “ Anns am bheil againne saorsa’  
 “ tre fhuil-san, maitheanas nam peacadh.”  
 (Ephes. i. 7.)

25. C. *Am bheil sìth agus réite ri Dia air a chur as leth an aobhair cheudna ?*

F. Tha : “ Ach a nis ann an Iosa Criosd  
 “ tha sibhse a bhia roimhe so fad o làimh air  
 “ bhur toirt am fagus trid fola Chriosd, oir  
 “ is esan ar sìoth-chaintne ;” (Ephes. ii. 13,  
 14.—agus “ Air bhith dhuinn nar naimhde,  
 “ rinneadh réidh ri Dia sinn tre bhàs a  
 “ Mhic.” (Rom. v. 10.)

26. C. *Am bheil tiodhlac na beatha shiorr-  
 uidh air a’ cur as leth an aobhair cheudna ?*

*F.* Tha : oir a ta ar Slànuighear e fein ag ràdh, “ Esan a dh’ itheas m’ fheoilse, agus “ a dh’ òlas m’ fhuilse,”—’s e sin esan a dh’ earbas a’ feartaibh mo bhàis,—“ a ta a “ bheatha shiorruidh aige, agus togaidh mise “ suas e air an là dheireannach.” (Eoin vi. 54.)

27. C. *Am bheil a bhi iomchuidh fa chombair nèamb air a chur as leth an aobhair cheudna ?*

*F.* Tha : “ Glanaidh fuil Iosa Criosd o “ gach uile pheacadh.” (1 Eoin i. 7.) “ Le toil Dé tha sinn air ar naomhachadh, “ trid toirt suas cuirp Iosa Criosd, aon uair.” (Eabh. x. 10.) “ Le aon iobairt rinn Criosd “ a choidhch foirfe iadsan a ta air an naomh- “ achadh.” (Eabh. x. 14.)

28. C. *Nach ’eil na beannachdan so uile, mata, air an cur fa’r combar ann an Sàcramaint naomb na Suipeireach ?*

*F.* Tha : anns an òrdugh sin a ta Iosa Criosd air a nochdadh dhuinn, agus tha sinn ga fhaicinnse, trid creidimh, mar ar *slainte*, ann an seadh is farsuinge de’n fhocal—mar “ air a dheanamh dhuinne le Dia ’na ghlioc-

“ as, 'na fhìreantachd, 'na naomhachd, agus  
 “ 'na shaorsa.” (1 Corint. i. 30.)

20. C. *C'arson is còir dhuinn co'-roinn a  
 ghabhuil de 'n òrdugh so?*

F. Tha iomadh aobhar mòr agus cudthrom-  
 ach air a shon so.

30. C. *Ciod a cheud aobhar a tha thu a'  
 toirt ?*

F. Rinn Crìosd, d' am bheil sinn fuidh  
 urchdaranachd, àithne dhuinn so a dhean-  
 amh “ chum cuimhne airsan,” agus 's e ar  
 buannachd fein, co maith agus ar dleasdanas  
 umhlachd a thoirt da anns gach aon ni.

31. C. *Ciod e do dbara aobhar ?*

F. Bu chòir dhuinn Crìosd a ghràdhach-  
 adh; agus tha le sinn a ghabhail co'-roinn  
 de 'n òrdugh so na theistean air ar gràdh  
 dhasan, a mheud agus le so, gu bheil sinn a'  
 toirt umhlachd d' a àithne, oir thubhairt e  
 fein “ Ma 's toigh libh mise, coimhidibh m'  
 “ àitheanta ;” (Eoin xiv. 15.) agus a chionn  
 gu bheil sinn le so a' togail fianuis air a  
 mhaithneas agus a thròcair ann am bàsachadh  
 air ar son.

32. C. *Ciod e do threas aobhar ?*

**F.** Tha an t-òrdugh so na mheadhon à-aid chum cuimhn' air Crìosd a chumail suas anns an t-saoghal agus 'n ar cridheachaibh fein; agus is airidh esan, air mhodh son-ruichte, cuimhne a chumail air gu bràth.

33. **C.** *Cìod e do cheathramb aobbar?*

**F.** Tha Sàcramaint na Suipeir 'na mheadhan sonraichte chum ar creidimh ann an Crìosd agus ar gràdh d'a shoisgeul aideachadh gu follaiseach agus gu dùrachdach.

34. **C.** *Am bheil e fiacbaicht ort aidmheil fhollaiseach a dheanamb àir do chreidimh?*

**F.** Tha: oir 's iad briathra cudthromach ar Slànuighear “ Ge b'e dh' aidicheas mise  
 “ am fianuis dhaoine, aidichidh mise esan  
 “ am fianuis m'-Athar a ta air nèamh. Ach  
 “ ge b'e dh'àicheadhas mise am fianuis  
 “ dhaoine àicheadhaidh mise esan am fianui  
 “ m' Athar a ta air nèamh,” (Mata x. 32,  
 33.) agus air chinnte, mar 'eil sinn ag aid-  
 eachadh Chrìosd 's ionann so 's a bhi 'g a  
 àicheadh.

35. **C.** *C'arson a ta òrdugh na Suipeireach,  
 'n a mheadhon co ro fhreagarach chum ar  
 creidimh aideachadh?*

*F.* Do bhrì gu bheil sùilean dhaoine oirne gu h-àraid ag an àm sin ; agus do bhrì' le bhi ag itheadh agus ag òl ag bòrd an Tigh-earna, gu bheil sinn ag aontachadh le teagasg a chroinn-cheusaidh, an ni sin is e fìor stéigh an t-soisgeil, agus a ta 'na chùis oilbheim do naimhdibh an t-soisgeil.

36. *C.* *Cìod an ath aobhar tha thu a' toirt?*

*F.* Tha Sàcramaint na Suipeireach, 'n a mheadhon cumhachdach a neartachadh agus a leasachadh nan gràsan is cudthromaiche de 'n bheatha dhiadhuidh.

37. *C.* *C' ionnas a ta an t-òrdugh so ag oibreachadh ann ar creidimh a neartachadh?*

*F.* A ta e a' neartachadh ar creidimh le sealladh beothail a thoirt dhuinn ar teagaisg mhòir agus fheumail na réite, an ni sin a ta deanamh Criosd co airidh air ar dòchas iomlan.

38. *C.* *C'ionnas a ta an t-òrdugh so a' leasachadh gràis an aithreachais?*

*F.* Le bhi a' taisbeanadh, air an dòigh as soilleire ro-mheud gràinealachd a pheacaidh, ni nach deanadh Dia a mhaitheadh as eugais iobairt a Mhic fein ; agus le bhi mar

so 'g ar treorachadh air ar n-aghaidh chum am peacadh fhuathachadh leis an tuilleadh fuath, chum bròn ni 's mò a dheanamh chionn gu 'n do pheacaich sinn, agus chum a bhi ni 's seasmhaiche a' seachnadh a pheacaidh 'san ùine ri teachd.

39. C. *Cionnas a ta e a' leasachadh ar gràidh agus ar taingealachd do 'n Tighearna Iosa Crìosd?*

F. Le bhi 'ga nochdadh dhuinn a bàsachadh gu toileach chum fearg Dhé a philleadh o'r n-anmaibh, agus chum a dheadh-ghean, agus a chàirdeas aiseag dhuinn.

40. C. *C'ionnas a ta Sàcramaint Suipeir an Tighearna a' leasachadh ar gràidh do 'n chinne-daonna?*

F. Le bhi ga'r cuir an cuimhne air mòr-luach anam' an duine, ni a ta air a thaisbeanadh anns an iobairt a thug Crìosd suas chum an t-anam a shaoradh; agus le bhi 'g ar ceangal r' a cheile mar luchd-aoraidh ann an òrdugh a ta nochdadh "a mhòr ghràidh sin leis an do ghràdhaich Dia sinne;" (Ephes. ii. 4.) oir "ma ghràdhaich Dia sinne mar sin, tha dh'-fhiachaibh oirne



“ a chéile a ghràdhachadh mar an ceudna.”  
(1 Eoin iv. 11.)

41. C. *Ciod an t-atb aobhar tha thu a' toirt air son co'-roinn de Suipeir an Tighearna?*

F. Is tobar mhòir shòlais i fuidh na h-uile amhghar d' am bheil sinn buailteach ann an staid so a pheacaidh agus na neo-fhoirfeachd

42. C. *C'ionnas a ta an t-òrdugh so a' toirt comb-fhurtachd fuidh mbothachadb cionta?*

F. Tha e a' cuir fa'r comhar an iobairt iomlan sin a thug Chrìosd, agus ris an do ghabh Dia air son cionta dhaoine, agus air am faod sinne, uime sin, ar làn-dòchas a leagail air son maithneas agus réite.

43. C. *Cia mar a ta e a' toirt comb-fhurtachd dhuinn fuidh mbothachadb air ar laigsinn agus ar cunnart spioradail?*

F. Tha sinn a faicinn, ann an cuimhneachan cuirp Chrìosd air a bhriseadh, agus fhola air a dòrtadh, geall-daingneach cinnteach nach dean esan a fhuair bàs air arson, am feasd ar tréigsinn, gu'n cuidich e ar n-anmhuinneachd, gu'n dean e ar dìon o 'r naimhd-

ibh, agus gu'n stiuir e sinn gu tearuinte chum a rioghachd nèamhuidh fein.

44. C. *Cia mar a ta an t-òrdugh so a' toirt sòlas duinn fuidh uallaich ar triobloidean aimsireil?*

F. Anns an aran agus 's an fhìon, a ta nan sàmhlaidh air iobairt ar Fir-shaoraidh, tha sinn a' faicinn séul' a chùmhnaite ghràs-mhior sin, leis am bheil Dia, an ti a ta 'g òrduchadh gach ni, na Athair iochdmhor nèamhuidh dhuinne, a bheir air àmhghara na beatha so a bhi “ ag oibreachadh dhuinne “ trom chudthrom glòire a ta ni 's ro ana-  
“ barraich agus sior mhaireannach.” (2 Corint. iv. 17.)

45. C. *Ciod e t-ath aobhar arson co'-roinn a ghabhuil, de Shuipeir an Tighearna?*

F. Is comharra suidhichte e gu bheil sinn a' gabhail ris an t-Soisgeul, agus air deadh-ghean Dè d'ar taobhne, ma tha sinn a' dean-amh so lo treibh-dhireas; oir thubhairt Crìosd e fein 'nuair a thug se am fìon d'a dheisciobluibh, “ Is e an cupan so an Tiomn-  
“ adh Nuadh” (no mar dh' fhaodadh am focal a bhi air eadar-theangachadh o'n cheud

chànain, an coimhcheangal Nuadh) “ ann  
 “ am fhuilse.”

46. C. *C'ionnas a ta thu a' mìneachadh  
 na cùise 'nuair a ta an Soisgeul air a mheas  
 mar Thiomnadh deireannach ar Slànuighear?*

F. Anns an t-seadh so tha am fìon a' nochd-  
 adh dhuinn fuil no bàs Chrìosd an Tiomn-  
 aidh-fhear, trid an do choisinn è na beann-  
 achdan a dh-fhàg e againn; agus 'nuair a  
 ta sinn a' gabhail an fhìona, tha sinn a' tais-  
 beanadh ar dòchas daingean ann am feartaibh  
 a bhàis, 's gu bheil sinn a' gabhail le-làn toil  
 ris na sochairean a ta esan a' tairgse dhuinn  
 le a Thiomnadh no a Shoisgeul.

47. C. *Cia mar a ta thu mìneachadh na  
 cùise 'nuair a ta an Soisgeul air a mheas mar  
 chùmhnannt?*

F. Anns an t-seadh so, 'se fuil Chrìosd  
 an nasgadh leis am bheil an cùmhnannt nuadh  
 air a dhaingneachadh; agus 'nuair a ta sinn  
 ag òl an fhìona, a ta nochdadh fuil Chrìosd,  
 tha sinn a' cuir an céill gu bheil sinn a'  
 gabhail ris a chumhnannt sin, agus ga 'r  
 ceangal fein, gu bhi coilionadh nam mòid-  
 ean sin gu léir fuidh am bheil so ga 'r cuir.

48. C. *Nach d'thainig thu fuilb na mòidean so air dhuit a bhi air do bhaisteadh?*

F. Thainig : 'nuair a fhrithealadh Sàcramaint a Bhaistidh dhomh bha mi gu follaiseach agus da rìreadh air mo thoirt suas d'an Tighearna ; ach a chionn 's nach bu chomasach dhomh, do thaobh mo naoidheanachd, aontacha leo 's na rinn iad san àm sin, tha mi a gabhail Suipeir an Tighearna chum mo mhòidean baistidh ath-nuadhachadh, le mi fein a thoirt suas gu toileach do Dhia trid Iosa Crìosd, do 'n deachaidh mo bhaisteadh : Agus a ta mi 'g ath-nuadhachadh nam mòidean se co tric 's a ta mi gabhail Suipeir an Tighearna.

49. C. *Ciod an t-eadar-dhealachadh a ta eadar am Baisteadh agus Suipeir an Tighearna?*

F. Cha 'n 'eil am Baisteadh ri bhi air a fhrithealadh ach aon uair—tha Suipeir an Tighearna gu minic : tha am Baisteadh 'na comharra air ar n-ath-ghineamhuinn agus “ a bhi a' cuir Chrìosd umainn,”—tha Suipeir an Tighearna 'na chomharra air a bheathachadh spioradail tha sinn a' faotainn uaith-san : faodar am Baisteadh a fhrithealadh

do naoidheanaibh,—Suipeir an Tighearna dhoibhsan amhàin a ta comasach “ iad fein “ a cheasnachadh ;” leis a Bhaisteadh tha sinn air ar gabhail a stigh chum eaglais faicinnich Chrìosd—le Suipeir an Tighearna tha sin a nochdadh gu bheil sinn a fantuinn gu toileach 's an eaglais, agus gu bheil sinn a' leantuinn r'a teagaisgibh agus r'a reachdaibh.

50. C. *Ciod iad na nithe sin anns am bheil an dà Shàcramaint so a' co-chòrdadh ?*

F. Tha iad araon air an òrduchadh le Dia, agus a' cur an céill Chrìosd agus na sochair-ean a choisinn esan ; tha iad araon nan seula air an zòn choimhcheangail ; tha iad le chéile ga 'r cuir fo cheanglaichibh àraid a bhì naomh ann an cridhe agus ann an giulan ; agus a ta iad araon ri bhì air an coimhead 's an eaglais gu ath-theachd Chrìosd.

51. C. *Ciod an ath aobhar a ta agad air son co'-roinn a ghabhail de Shuipeir an Tighearna ?*

F. Is teisteach follaiseach so air ar co-chomunn ri Chrìosd ; mar a ta sinn a' fòghlum o bhriathraibh an Abstoil Phoil. (1 Cor. x. 20, 21.) 'nuair a ta e 'g earalachadh nan Corintian-

ach gu cùl a chuir ri h-iodhol-aoraidh no “ o  
 “ chomunn a bhi aca ri deamhnaibh,” chionn  
 gu robh iad a cheana nan luchd “ comh-roinn  
 “ do Bhórd an Tighearna,” agus mar so gu’n  
 do nochd iad an co’ chomunn ri Crìosd.

52. C. *Am bheil aobhar air bith eile agad  
 a thuill air na cbaidh ainmeachadh?*

F. Tha aon aobhar eile, agus ’s e so e:—  
 tha Suipeir an Tighearn’ a ’toirt cothrom  
 dhuinn comunn a bhi aguinn gach aon r’a  
 chéile mar chreidmhich ann an Crìosd; oir,  
 le bhi ’g itheath agus ag òl aig an aon bhord,  
 tha sinn a’ cur an céill gu bheil sinn a’ gabh-  
 ail gu toileach nam beannachda sin uile a  
 choisinn esan duinn trid a bhàis, agus ar n-  
 aonachd a ’s ar càirdeas Chrìosduidh mar  
 bhuill a chuirp-san, ni is e an Eaglais.

53. C. *Ciod an earrainn de ’n scriobtuir  
 a ta dearbhadh so?*

F. Tha na focail so a leanas; “ Cupan  
 “ a bheannachaidh a ta sinne a’ beannach-  
 “ adh, nach e comunn fola Chrìosd e? An  
 “ t-aran a ta sinn a’ briseadh nach e comunn  
 “ cuirp Chrìosd e? Oir ged tha sinne nar  
 “ mòran is aon aran agus aon chorp sinn:

“ oir a ta againn uile comh-pairt de 'n aon  
 “ aran.” (1 Corint. x. 16, 17.)

54. C. *'Nuair a ta coilion aobhar cud-  
 thromach air son Suipeir an Tighearn' a ghabh-  
 ail, nach 'eil iadsan a ta gu toileach a' dearmad  
 an òrdugh so ro cbiontach?*

F. Tha: tha an t-òrdugh so co soilleir  
 air àithneadh le Criosd; tha e co ciatach a  
 nochdadh ar gràidh dhasan; agus tha e co  
 ro-fhreagarrach chum ar buannachd spiorad-  
 ail fein a chur air aghaidh, 's nach dean ni  
 air bith ach an t-aobhar as cudthromaiche  
 leithsgeul na muinntir sin a ghabhail a ta  
 seasamh amach o bhord an Tighearna.

55. C. *Am bbeil gach gnè dbaoine, ciod  
 air bith stéidh an creidimh agus an giulain,  
 airidh air comhpàirteachadh de 'n òrduigh so?*

F. Cha neil: tha nithe àraid ann a dh'-  
 fheumas sinn a bhi againn mu 'n gabh sinn  
 e gu h-ìomchuidh agus a chum tairbhe.

56. C. *Ciod e an dleasdanas-san a tha fios-  
 rach nach 'eil na nithe feumail so aca?*

F. Cha 'n e an dleasdanas fuireach air falbh  
 o 'n òrdugh, ach a bhi 'g oirpeachadh gun  
 dàil agus le díchioll na nithe so fhaghail,

agus an sin, a cheud chothrom chum comh-pairteachadh a ghabhail.

57. C. *Ciod e an combhàirteachadh neo-ìomchuidh sin mu 'm bheil an t-Abstol Pol a' labhairt 'sa xi. caibdeil de 'n 1 litir chum nan Corintianach?*

F. 'Se a bhi gabhail Suipeir an Tighearna mar lòn coitchionn, agus a bhi 'g itheadh 's ag òl gu neo-gheimnidh.

58. C. *Ciod a thachair do na Corintianaich air dhoibh iad fein a ghiulan air a mbodh so?*

F. Tha e air innse dhuinn gu 'n d'thainig breitheanais fhollaiseach orra: “ Air a shon “ so,” thubhairt an t-Abstol, “ tha mòran “ 'nar measg lag agus tinn, agus tha moran “ 'nan codal,” 's e sin, tha iad marbh.

59. C. *Am bheil sinne buailteach do 'n cheart pheacadh sin air san an deachaidh peannas a dheanamh mar so air na Corintianaich?*

F. Cha n'eil: tha an t-òrdugh so air a fhrithealadh 'nar measg-ne air dhòigh a ta ga dheanamh neo-chomasach dhuinn itheadh agus òl anns a cheart seadh 'san d' rinn iadsan sin.



60. C. *C'uin', ma seadh, a dh'fbaodar a ràdh " gu bheil sinne ag itheadh agus ag òl " gu neo-ìomchuidh, agus gu bheil sinn ciontach " de chorp agus de fbuil an Tighearna?"*

F. 'Nuair a ta sinn a' dol gu Bord an Tighearna le rùin mhearachdach, 'nuair nach 'eil sinn air ar deasachadh mar a thigeadh dhuinn, 'nuair a ta sinn a' gabhail an òrdugh so le cridheachaibh neo-chràbhach, no air mhodh mì-chùramach, neo-urramach ; agus 'nuair nach 'eil sinn ri' dìchioll chum am feum sin a dheanamh de'n òrdugh so air son am bheil e air a shuidheachadh.

61. C. *Nach 'eil giulan mar so an da chuid aingidh agus cronail ?*

F. A ta : tha e aingidh chionn 's gur mì-naomhachadh so air an ni sin a rinn ar Slàn-ugh'ear naomh, agus uime sin is ciont e 'na aghaidh-se do 'n còir dhuinn mar ar ceud dleasdanas umhlachd a thoirt ; agus tha e cronail chionn gu bheil e cumail uainn am buannachd spioradail sin air a shon an do shònraicheadh an t-òrdugh so, 's a ta feumail chum ar sonas a dhaingneachadh 's a bheatha so agus san ath-bheatha.

62. C. *Ciod a cheud ni is feumail doibhsan a dheanamb leis am b' àill Suipeir an Tighearn a ghabhail?*

F. Iad fein a cheasnachadh gu cùramach agus gun leth-bhreith; a dh'fhaicinn am bheil iad air an ullachadh mar is còir dhoibh, no ciod na gràsan àraidh a tha dhìth orra, “Ceasnuicheadh duine e fein,” ars' an t-Abtol Pol, “agus mar sin itheadh e do 'n aran so; agus òladh e do 'n chupan so.” (1 Corint. xi. 28.)

63. C. *Ciod iad na nithe sin a ta feumail doibh a bhi aca?*

F. Na nithe sin a ta air an iarraidh 's an scriobtuir, no a dh'fhaodar a thuigsinn o ghne agus o chrìochaibh an òrduigh; agus faodaidh sinn iad so a ghabhail a steach fo na cùig cinn so—eadhon *Eolas, Creidimh, Aitbreachas, Grùdb, agus Nuadh-Umblachd.*

64. C. *Ciod an t-eolas a ta air iarraidh?*

F. Eolas chum aithneadh a dheanamb air corp an Tighearna.

65. C. *Ciod a ta an t-Abstol gu sonraichte a' ciallachadh le aithneadh a dheanamb air corp an Tighearna?*

*F.* Tha e a' ciallachadh mùghadh a chur eadar Sàcramaint na Suipeir agus cuirm choitchionn, dà ni air nach do chuir na Co-rintianaich eadar-dhealachadh.

66. *C.* *Nach fhaodar na briathra so "aitbneadh a dbeanamh air corp an Tighearn," a thuigsinn ann an seadh ni 's farsuinge?*

*F.* Faodai : faodaidh iad a chiallachadh eolas air nàdur àraid agus feuma lionmhor an òrduigh so :—eolas, mar eiseimpleir, gu bheil an t-aran agus am fìon a' cur an céill Chrìosd mar ar n-iobairt-ne ; agus gu bheil ar n-ithe' agus ar n-òl a' cur an céill gu bheil sinne a' gabhail ri Chrìosd anns an t-seadh sin ;—eolas gu bheil an t-òrdugh so 'na mheadhon a chuireadh air chois le'r Slànuighear chum obair na naomhachd a thoirt air a h-aghaidh 'n ar n-anmaibh, &c.

67. *C.* *An leòir eolas a bhi againn air an òrdugh so ambàin, cia b'e co shoilleir 's a dh' fhaodas an t-eolas so a bhith?*

*F.* Cha leòir : feumaidh ar n-eolas a bhith gu mòr ni 's farsuinge ; 's èigin gu 'n gabh e stigh gach teagasg is còir dhuinn a chreidsinn ; agus gach dleasdanas is còir dhuinn a

choimhlionadh, chum 's gu faigh sinn còir air beatha shiorruidh.

68. C. *G'ait am bheil an t-eolas so r'a fhaotainn ?*

F. 'S na Scriobtuiribh Naomha, a dh'fheumas sinn a leughadh gu minic agus gu cùramach, o shearmonachadh an fhocail, agus o mheadhona gnàthaichte eile ; o chonaltradh cràbhach, agus o leughadh nan leabhraichean diadhaidh sin a dh'fhaodas ar cuideachadh chum am Bioball a thuigsinn.

69. C. *Nach còir dhuit a bbi do ghnà cùramach gum biodh t-eolas a réir tuigse ?*

F. Is còir : ged a b' aithne dhomh gach uile ghniomh, gach teagasg agus gach àithne, a ta air an cur sìos 's a Bhioball, gidheadh tha iad sud feumail domh amhàin a réir 's mar a ta mi a' tuigsinn an seadh agus am brìgh. Agus, uime sin, ghuidh Pol agus Timoteus gu biodh na Colosianaich “ air “ an lionadh le eolas toile Chrìosd's an uile “ ghliocas agus thuigse spioradail.” (Col. i. 9.)

70. C. *An leoir eolas, ma ta ann an co-chuideachd tuigse ?*

*F.* Cha leòir : cha leòir eadhon so, mar cuirear an gnìomh e gach là 'n ar caithe-beatha agus 'n ar giulan ; oir a ta an t-Ab-stol ag ràdh an déighnam briathran a dh'ainmich sinn cheana, o'n litir chum nan Colosianach, gur e feum agus crìoch mhòr an “ eolais “ chum gu'n gluaiseadh sibh gu cubhaidh “ do 'n Tighearna chum gach uile thoileach-aidh, a' toirt toraidh uaibh san uile dheadh obair.” (Colos. i. 10.) Ann an àite eile, (1 Corin. xiii. 2.) tha e ag ràdh “ ge do thuiginn na h-uile rùna diomhair, agus gach uile eolas,—agus mi gun ghràdh,” (an gràdh sin is e coilionadh an làgha,) “ cha' n'eil annam ach neo-ni.” — Agus thubhairt ar Slànuighear e fein (Eoin xiii. 17.) “ Mas aithne dhuibh na nithe so is beannuichte sibh “ ma ni sibh iad,”—a' ceangal mar so ar sonas, cha 'n ann r' ar n-eolas co mhòr agus r' ar giulan.

71. C. *C'arson a ta eolas na ni co fheumail chum co-pàirteachadh de Shuipeir an Tighearna ?*

*F.* Do bhri', ma bha mi aineolach 'nuair a bha focal an Tighearn ann am lamhaibh, gu bheil mi ciontach do pheacadh mor na

aghaidh-se, air dhomh mar so “ dorchadas  
 “ a ghràdhachadh ni ’s mò na ’n solas,” (Eoin  
 iii. 19.) agus mar robh e an comas domh eolas  
 ceart fhaotainn, gu ’m bu ni cunnartach agus  
 amaideach dhomh òrdugh diadhaidh a ghabh-  
 ail as eugmhais rùin cheart, agus trid m’ ain-  
 eolais air an t-soisgeul bhiodh e neo-chomas-  
 ach dhomh iad so a bhi agam.

72. C. *Ciod e creidimh ann an Iosa Criosd?*

F. “ Creidimh ann an Iosa Criosd is gràs  
 “ slàinteil e, leis am bheil sinn a’ gabhail  
 “ ris, agus ag earbsadh as ’na aonar air son  
 “ slàinte, mar a ta e air thairgseadh dhuinn  
 “ anns an t-soisgeul.”

73. C. *Ciod an t-aobhar a ta agad air  
 son creidsinn ann an Criosd agus anns na nithe-  
 ibh a theagaisg Esan?*

F. Tha mi a’ creidsinn ann an Criosd do  
 bhrìgh agus annsan gu robh iomadh fàidh-  
 dearachd air an coilionadh, a chuireadh an  
 céill linne mu ’n do nochd esan e fein ; agus  
 leis-san gu ’n d’ rinneadh, mòran mhior-  
 bhuile agus oibre iongantach “ nach b’urr-  
 “ ainn duin’ air bith a dheanamh mar biodh  
 “ Dia maille ris.” (Eoin iii. 2.) Tha  
 fhios agam air so o theistean ni’s cumhachd-

aich' na thugadh riamh chum firinn air bith eile a dhaingneachadh—teistias àireamh lionmhor do dh' fhianuisibh neo-choireach, a bha saor o gach gnè mhealltoireachd; a bha comasach breith cheart a thoirt air na chunn-  
aic agus na chual iad; a labhair na nithe ceudna ged a labhair iad so aig mùghadh àm, ann am mùghadh cainnt, agus ann an caochladh staid; a thug teistias a bha an aghaidh am barailean mearachdach fein, agus an saibhreis saoghalta fein; a chuir an céill na nithe so le misnich agus le soilleireachd; a sheas riu so le beatha làn cunnairt agus cruadail, agus a rinn an séuladh (moran diubh) le'm fuil fein, ann am meadhon dòruinn eadhon, gu bàs.

2. Tha mi a' gabhail ris a chreidimh Chriosduidh do bhrìgh 's gur nì e a ta airidh air Dia, an creidimh so a chur an céill, agus gu bheil an creidimh so, anns gach seòl co-fhreagarrach do nàdur agus staid an duine; thaobh 's gu 'n d'f hoillsicheadh anns a chreidimh so na fìrinnean as òirdheirce, agus an riaghailt beatha is gloine a theagaisgeadh riamh; agus do bhrìgh, a bharr air so uile, gu 'n do chuireadh an céill e, cha 'n e 'mhàin

'nuair a bha an saoghal air gach taobh gu h-ìomlan ann am mearachd mu cheud fhèrinnibh na diadh'achd agus nam modhannan; ach, mar an ceudna, le daoineibh neo fhoghlumte, agus a bha air gach doigh ea-comasach, dhiubh fein, an cinne-daonna a theagasg.

3. Tha mi a' gabhail ris a chreidimh Chrìosduidh do bhrìgh, ged chuireadh an aghaidh a chreidimh so, anns gach àite, le sagairtibh neo-dhíleas, agus le luchd-riaghlaidh saoghalta; le Iudhachaibh fuar-chràbhach, agus le luchd-iodhol-aoraidh neo-thuigseach; ged bha na nithe a chuireadh an céill, calg-dhíreach an aghaidh barailean agus gnàthachadh dhaoine 's an àm; ged shearmoinaicheadh an creidimh so le daoineibh ann an staid iosail, gun fhoghlum, gun chuideachadh, gun chumhachd saoghalta; ged a bha gach meadhon air am faodadh innleachd dhaoine a smuaineachadh, air an gnàthachadh chum an creidimh so a chuir sìos agus a sgrios: gidheadh, a dh'aindeoin nan nithe so uile, bhuadhaich an creidimh so, air achd agus gu'n do sgaoileadh e, mu 30 bliadhna an diaigh bàis Chrìosd, air feadh a mhòr



chuid de'n t-shaoghal a bha san àm sin aith-  
 nichte—nithe a ta gu léir a' dearbhadh gu  
 robh cumhachd Dhé a' leantuinn saothair  
 nan Abstol.

4. 'San àite ma dheireadh; tha mi a' creid-  
 sinn ann an Criosd, chionn gu 'n do labhair  
 e iomadh fàidheadarachd a choilionadh gu  
 h-iomlan na dhiaigh sin; a h-aon gu sòn-  
 raichte mu sgrios Ierusalem, ni bha air  
 innse' co shoilleir, agus a choilionadh co  
 mion, 's gu faodamaid briathra ar Slànuigh-  
 ear a mheas mar eachdraidh na sgrios sin,  
 agus cha 'n ann mar fhàidheadarachd, mar  
 bitheamaid làn-fhiosrach air atharrachadh  
 so.

74. C. *Mu 'n comasach dhuit, air mhodh  
 ceart, gabbail ri Criosd no creidsinn annsan,  
 nach éigin duit gu 'm mothaich thu d' fheum  
 air Slànuighear?*

F. Gun teagamh feumaidh mi bhi fios-  
 rach gu bheil mi ciontach am fianuis Dé;  
 nach comasach dhomh, dhiom fein, a mhaith-  
 eas no a dheadh ghean a thoilltinn; agus, gu  
 bheil mi truagh gu bràth mur d-thig Slàn-  
 uighear gràsmhor agus cumhachdach chum  
 mo dhion.

75. C. *Nach feum thu, mar an ceudna, a bhi deirbhte gu bheil Crìosd 'na Fhear-saoraidh a ta, anns gach seol, freagarrach do d' staid?*

F. Feumaidh: 's èigin domh a bhi deirbhte gu bheil esan toileach mo shaoradh; gu bheil e co comasach 's a ta e toileach; gu 'n do chuireadh amach o Dhia e chum na ceart chrìche so, agus gu 'n do ghabhadh ri eadar-ghuidhe-san agus r'a iobairt réite mar iomlan agus uile-thaitneach.

76. C. *Nach éigin duit Crìosd a ghabhail 'na uile dbreuchdaibh, chum 's gu 'n creid thu annsan gu ceart?*

F. 'S éigin: tha e uile-fheumail gu 'n gabh mi ri Crìosd, dìreach mar a ta e air a thairgse' 'san t-soisgeul, agus cha n ann a réir mo bharailean no mo mhiann fein. Feumaidh mi esan a ghabhail mar m' Fhàidh, mar mo Shagart, agus mar mo Rìgh, na trì dreuchdan àraid sin a ta esan a' cur an gnìomh mar ar Fear-Saoraidh.

77. C. *C'ionnas a ta thu a' gabhail ri Crìosd mar d' Fhàidh?*

F. Tha mi aineolach: agus a ta mi 'g a gabhail-se chum mo theagasg le fhocal agus le Spiorad ann an nithibh diadhuidh.

78. C. *C'ionnas a ta thu ga ghabhail mar do Shagart?*

F. Tha mi ciontach, agus a ta mi aig earbs' annsan mar neach a rinn réite air son mo chionta, 'sa tha deanamh eadar-ghuidhe air mo shon air deas làimh Dhé.

79. C. *C'ionnas a ta thu ga ghabhail mar do Rìgh?*

F. Tha mi, a thaobh nàduir, lag-chuis-each agus ceannairceach, agus a ta mi a' teachd ga ionnsuidh chum mo dhion le chumhachd agus mo riaghladh le reachdaibh.

80. C. *Ciod e creidimh, air a mbeas mar mbeadbon ar fìrinneachaidh am fianuis Dé?*

F. Is e an ceadfath sin de 'n chridhe e, trid am bheil sinn a' gabhail agus ag earbs' ann am fìreantachd Chrìosd. Air sgàth na fìreantachd so amhàin, tha Dia 'g ar fìrinneachadh-ne; sin ra ràdh, tha e maitheadh dhuinn ar peacaidh, 's a' gabhail ruinn; agus chum na crìche so, tha e gu gràs-mhor a' meas fìreantachd Chrìosd ruinn, agus ga chuir so r' ar cunntas. Agus is e creidimh an làmh, no 'n t-inneal, leis am bheil sinn a' gabhail agus a' gleidheadh an tiodhlac luachmhoir so.

81. C. *Nach 'eil fìor chreidimh a ghnà' 'na cheudfath a ta beothail agus gniombach?*

F. A ta: Cia b'e àite 's am bheil fìor chreidimh a ta e “ a' glanadh a chridhe;” (Gnìomh xv. 9.) tha e “ 'g oibreachadh tre “ ghràdh.” (Galat. v. 6.) agus a ta e “ a' “ toirt buaidh air an t-saoghal?” (1 Eoin v. 4.) Is mearachd mòr agus millteach, uime sin, a smuaineachadh gu bheil creidimh slàinteil againn mar 'eil sinn “ cùramach “ air toiseach a bhi againn ann an deadh “ oibribh.” (Tit. iii. 8.)

82. C. *C'arson a ta creidimh feumail chum gu 'n gabhamaid Suipeir an Tighearna gu b-iomchuidh?*

F. Do bhrìgh, mar 'eil mi a' creidsinn ann an Crìosd mar Theachdair fìrinneach o Dhia, nach 'eil e an comas domh air mhodh ceart, sin a dheanamh a ta air a shònrachadh chum cuimhne thaingeil airsan a chumail suas, oir b'e so a bhi deanamh cuimhne air meallt-oir:—Mar 'eil dòchas air bi' agam ann an feartaibh a bhàis cha 'n urra' mi gu ceart comharran faicinneach na Sàcramaint so a ghabhail; oir a ta iad so a' cur an céill na h-iobairt iomlan sin a thug esan suas air son

peacaidh 'nuair a dh'fhulaing e am bàs air a chrànn :—Mar 'eil mi ag earbs' annsan mar Shlànuighear uile-fhoghainteach, cha 'n fhaod mi dòchas a bhì agam gu faigh mi aon bheannachd uaithsan 'nuair a dhlùth-aicheas mi ris anns an òrdugh so, agus uime sin, bhiodh mo theachd ann an dìomhain.

83. C. *Ciod is seadh do 'n fbocal AITHREACHAS?*

F. Pilleadh o pheacadh dh'ionnsuidh Dhé.

84. C. *Ciod e a cheud cheum ann an Aithreachas?*

F. 'Se a cheud cheum ann ar n-Aithreachas sealladh ceart air peacadh.

85. C. *Ciod e an sealladh sin air peacadh bu chòir dhuit altrum?*

F. Bu chòir dhomh amharc air mar an ni gràineil sin do 'm bheil fuath aig an Tigh-earn; mar ni a ta an aghaidh a thoil agus a bhuadhaibh; mar an ni a thug gach aon truaigh chum an t-saoghail; mar ni a ta cuir mi-mheas agus masladh air ar nàdur, agus mar ni a ta toirt sgrìos air an anam.

86. C. *Ach nach feum thu a bhì fiosrach, no mothachail, air peacadh mar ni a ta ceangailte riut fein?*

*F.* Feumaidh : 's éigin domh a mheas mar ni leis am bheil mo chridhe fein agus mo ghiulan air an truailleadh ; mar ni anns an robh mi ciontach uairean gun àireamh, ann an smuaintibh, ann am briathraibh, agus ann an gnìomharaibh ; agus a bha do m' thaobhse gu mòr air an-tromachadh.

87. *C.* *Ciod a ta an co'-lorg an sambuil sin de bheachd air peacadh ?*

*F.* Uatha so, tha mi gu nàdurra air mo thoirt gu fuath bhi agam do 'n pheacadh mar ni ro ghràineil : tha mi air mo thoirt gu bron a dheanamh air a shon le doilgheas trèibh-dhireach agus diadhaidh : tha mi air mo thoirt gu slighe a pheacaidh a threigsinn, agus gu pilleadh chum mo dhleasdanas agus mo Dhia le rùin shuidhichte agus oidheirp dhùrachdach mi a bhi o sin a mach "naomh anns gach uile chaithe beatha." (1 Pead. ii. 15.)

88. *C.* *An urrainn duit pilleadh ri Dia gun aobhar-dòchais agad air tùs gu 'n gabh esan ruit gu gràsmbor ?*

*F.* Cha 'n urrainn ; mar fhaodainn an dòchas sin a bhi agam cha bhiodh a dhànadas agam dlùthachadh ri Dia an déigh dhomh

peacachadh co mòr na aghaidh; ach, an dara cuid, bhunaichinn ann am peacadh, no lionta mi le h an-dòchas.

89. C. *Am faod thu an dòchas so altrum?*

F. Faodaidh: tha barantas daingean agus cinnteach agam air a shon so.

90. C. *Giod e sin?*

F. Chuir Dia uaith a Mhac fein mar iobairt réitich air son peacaidh; agus air sgàth na h-iobairt a thugadh suas le Criosd, 's air am bheil sinn a' cumail cuimhne aig a bhòrd, chuir Dia an céill, gu bheil e toileach tròcair agus deadh-ghean a thaisbeanadh dhoibhsan uile a ta deanamh fìor Aithreachas. A chionn 's gu bheil làn-chinnt agam air so, tha misneach agam “mo shlighe  
“ aingidh a thréigsinn, agus pilleadh ris an  
“ Tighearna, a nochdas tròcair dhomh, agus  
“ a bheir maitheanas gu pailt.” (Isai. lv. 7.)

91. C. *C'ionnas a nochdas d' Aithreachas gu bheil e treibb-dhireach agus fìor?*

F. Le caithe-beatha agus giulan freagarrach do thoil Dé air fhoillseachadh 's an t-soisgeul.

92. C. *Am bheil thu am barail gu bheil Aithreachas a' deanamb dìoladh air bith air son nam peacanna sin a ta thu a' tréigsinn?*

F. Cha' n' eil : cha 'n urrainn so a bhi am fianuis Dé. Cha' n'eil dìoladh air bith ann air son peacaidh ach an réite sin a rinn Crìosd. 'Se Aithreachas an caochladh sin amhàin, a ta an Dia naomh ag iarraidh uainn, 's a ta sinne, le oibreachadh a ghrais, air ar deanamh comasach a chur an gnìomh, chum 's gu 'n uighimicheadh e sinn fa chomhair nèimh ; agus, a ta an t-aithreachas so fein taitneach dhasan, amhàin air sgàth toilteannais an Fhir-Shaoraidh.

93. C. *C'arson a ta Aithreachas feumail chum Suipeir an Tighearna gabhail gu b-ìomchuidh?*

F. A chionn gu bheil an t-Sàcramaint so 'na chuimhneachan air Crìosd “ a' fulang “ air son peacaidh ;” agus le cuimhn a chumail airsan as eugmhais fuath do'n pheacadh, agus rùn suidhichte am peacadh fhuathachadh 's a sheachnadh, sann a ta sinn gu soilleir a deanamh tàir air fulangais Chrìosd, agus a' brosnachadh feirg Dhé nan



òrdugh “ atha a shùilean, nì 's gloine na gu'n  
 “ seall e air olc.” (Habac. i. 13.)

94. C. *Co d'an còir dhuinn gràdh a bhì  
 againn?*

F. Do Dhia, do Iosa, agus d'ar co-bhràith-  
 ribh de 'n chinne-daonna.

95. C. *C'arson bu chòir dhuinn Dia a  
 gbràdhachadh?*

F. Do bhrìgh gu 'm buin gach buaidh  
 ghlòrmhor dhasan, agus “ gu 'n do ghràdh-  
 “ aich esan sinne an toiseach.” (1 Eoin  
 iv. 19.)

96. C. *C'arson is còir dhuinn an Tighearn  
 Iosa Crìosd a gbràdhachadh?*

F. A chionn “ gur esan dealradh glòir  
 “ Athar,” (Eabhr. i. 3.) agus a chionn gu'n  
 d'thug e suas e fein air ar son-ne chum  
 bàs malluichte a' chroinn-cheusaidh.

97. C. *Nach còir dbuit do Dhia agus do  
 Sblànuighear a gbràdhachadh os cionn gach nì  
 agus neach?*

F. Is còir: “ le m' uile chridhe, le m'  
 “ uile anam, agus le m' uile neart.” (Deut.  
 vi. 5.)

98. C. *Cìod an dearbhadh as fearr air  
 do ghràdh do Dhia?*

F. 'S e “ a bhi coimhead àitheanta” an t-aon dearbhadh is fearr agus is freagarraiche tha e an comas domh a thoirt uam.

99. C. *C'arson bu chòir dhuit an grùdb so bhi agad do Dhia agus do Iosa, chum 's gun gabhadh tu Suipeir an Tighearna gu b-iom-chuidh?*

F. A chionn gu bheil so a bhi dhèith orm a' taisbeanadh nach 'eil eolas ceart agam air nàdur Dhé; nach 'eil ceart-mhothachadh agam air luach iobairt mo Shlànuighear, agus gu bheil mi neo-airidh “ comunn a bhì “ agam ris an Athair agus r'a Mhac Iosa “ Criosd,” (1 Eoin i. 3.) agus is e a ghràdh-san do dhaoinibh a ta air a chumail air chuimhne 's an òrdugh so.

100. C. *C'arson is còir dhuinn ar bràithre' de 'n chinne-daonna a gbràdbachadh?*

F. Do bhrìgh gur iadsan clann an aon Athar nèamhaidh, 's gu bheil iad fuidh an aon cho-cheangal gràis; agus, a chionn gu bheil ar Slànuighear gu soilleir ag àithne dhuinn so a dheanamh.

101. C. *An còir dhuit do bhràithre de 'n chinne-daonne a gbràdbachadh gu léir mar a chéile?*

*F.* Cha chòir : feumaidh mi gràdh sònraichte bhì agam dhoibhsan a ta do theaghlach a chreidimh, dhoibhsan aig am bheil iomhaigh Dhé air aiseag air an cridheach-aibh ; a ta creidsinn ann an Criosd, 's a ta ùmhail d' a shoisgeulsa.

102. *C.* *Ach nach feum thu a chuid eile de 'n chinne-daonna a ghràdhachadh gu treibhdhireach ?*

*F.* Feumaidh : cia b'è air bith an ainm, an cinneach, an giulan, no 'n inbhe, is còir dhomh smuaintean caoimhneil agus iochdmhor a bhì agam d' an taobh ; cha 'n fheud mi an cron a dheanamh air sheol air bith ; is còir dhomh furtachd orra 'n an àmghairibh 'nuar is urra' mi ; feumaidh mi gach maith a dheanamh dhoibh a tha am chomas.

103. *C.* *Nach 'eil an Scriobtuir gu h-àr-aib a' labhairt mu 'n cnuibhrinn sin de ghràdh no de sheirc, ris an abair sinn gu coitcheonn maitheanas cionta ?*

*F.* A ta : thubhairt ar Slànuighear e fein,  
 “ Ma mhaitheas sibhse an cionta do dhaoin-  
 “ ibh, maithidh bhur n-Athair nèamhaidh  
 “ dhuibhse mar an ceudna. Ach mur maith  
 “ sibh an cionta do dhaoinibh, cha mhò a

“ mhaitheas bhur A-thair dhuibhse bhur  
 “ cionta.” (Mat. vi. 14, 15.)

104. C. *Ciod a tha thu gu sònruichte a’  
 breithneachadh o so san àm so ?*

F. Tha mi am barail o so, gu bheil e gu  
 tur neo-fhreagarrach dol chum Bùird an  
 Tighearna le spiorad dioghaltais, agus “ ma  
 “ bheir mi mo thabhartas chum na h-altaire  
 “ agus gu ’n cuimhnich mi an sin gu bheil  
 “ ni air bith aig mo bhràthair a’ m’ aghaidh,  
 “ gur còir dhomh mo thabhartas fhàgail an  
 “ làthair na h-altaire, agus dol agus réite a  
 “ dheanamh air tùs ri m’ bhràthair, agus,  
 “ an déigh sin, teachd agus mo thiodhlacadh  
 “ a thabhairt uam.” (Mat. v. 23, 24.)

105. C. *Nach còir do d’ ghràdh do ’n  
 chinne-daonnaa bhi gu sònraichte air a thais-  
 beanadh ann an oidheirpibh chum am maitb  
 spioradail agus siorruidh a chur air aghaidh ?*

F. ’S còir gun ag : tha anama dhaoine gu  
 neo-chrìochnaichte ni ’s luachmhoire no ’n  
 cuirp, agus am buannachd siorruidh ni’s  
 luachmhoire no ’m buannachd aimseireil ;  
 agus, uime sin, ma tha mi ’g an gràdhachadh  
 idir, feumaidh mi bhi gu sònraichte déigheil,  
 co fhada ’s a dh’ fhaodas mi, le m’ theag-

aisg, le m' ghnàthachadh fein, agus le m' ùrnuighibh “ an deanamh glic chum slainte.”

106. C. *C'arson a dh' fbeumas tu do cho-bhràthraibh a ghràdbachadh chum 's gun gabhadh tu Suipeir an Tighearna gu h-ìom-chuidb ?*

F. A chionn gu do shònruicheadh an t-òrdugh so air son deisciobuil Chrìosd amhàin, agus rinn esan gràdh bràthaireil 'n a fhior dhearbhadh air sinn a bhi 'n ar deisciobluibh dha. “ Le so,” deir e (Eoin xiii. 35.) “ aithnichidh na h-uile dhaoine gur sibh mo “ dheisciobuilse, ma bhios gràdh agaibh “ féin d'a chéile.” Agus a thuill' air so, is mòr an amaideachd, agus is uabhasach an dànadas, a bhi 'g aideachadh gu bheil sinn a' cumail cuimhne air gràdh Chrìosd dhuinne, 'nuair a ta ar cridheachan féin 'san àm, a' lasadh le naimhdeas, no fuar le neo-chùram, do thaobh a h-aon diubhsan air son an d'fhuiling Chrìosd am bàs.

107. C. *Ciod a ta thu a' tuigsinn le Nuadb Umblachd?*

F. An giulan naomh agus cràbhach sin, am faire sin an aghaidh peacaidh, agus an dlu-leannanhuin sin air gach ni a tha maith

agus ionmholta, a ta air àithneadh ann am focal Dé, agus a ta gu riochdail a' sruthadh o chreidimh, Aithreachas agus gràdh, anutasan uile 's an deachaidh na gràsan so da ri-readh agus gu h-éifeachdach oibreachadh.

108. C. *C'arson a theirear Nuadh Umb-lachd ris an umblachd so?*

F. Do bhrìgh gur e so an t-umhlachd a ta am fìor Chrìosduidh air a dheanamh comasach a thoirt uaith, air dha bhi air athghineamhuin, no air a dheanamh réir cainnt an Scriobtuir 'na "nuadh-chreutair." (2 Corinth. v. 17.)

109. C. *Am bheil ath-ghineamhuin air a theagasg 's an Scriobtuir?*

F. Tha: thubhairt ar Slànuighear ri Nicodemus, "Mur beirear duine a rìs nach faod e rioghachd Dhé fhaicinn;" (Eoin iii. 3.) agus tha Pòl ag ràdh "cha 'n ann o oibribh fìreantachd a rinn sinne, ach a réir a thròcair fein shaor e sinn, tre h-ionn-lad na h-ath-ghineamhuin, agus ath-nuadhachadh an Spioraid Naoimh." (Titus iii. 5.)

110. C. *Ciod e staid an duine mu 'n d'thig an caochladh so air?*

*F.* Tha e màll a chum maith, agus togarrach chum an uile; “tha chridhe cealgach  
 “os cionn na h-uile nithe agus anabarrach  
 “aingidh,” (Ierem. xvii. 9.) “’n a fheoil  
 “cha’ n’eil maith air bith a gabhail còmh-  
 “nuidh;” (Rom. vii. 18.) “tha e marbh  
 “ann an eucairtibh agus ann am peacaibh.”  
 (Ephes. ii. 1.)

111. C. *Ciod e am mùghadh coitcheinn a ta air a dbeanamb ’nuair a ta duine air a thoirt o ’n staid thruaillidh so?*

*F.* Dh’innseadh so le Pol anns na briathraibh so a sgrìobh e chum nan Ephesianaich,  
 “Gu ’n cuir sibh dhibh, thaobh a cheud  
 “chaith-beatha, an seann duine, a tha truail-  
 “idh a réir nan anamhiann cealgach, agus  
 “gu ’m bi sibh air bhur n-ath-nuadhachadh  
 “ann an Spiorad bhur n-inntinn, agus gun  
 “cur sibh umaibh an nuadh dhuine, a  
 “tha air a chruthachadh a réir Dhé am  
 “fìreantachd agus am fìor naomhachd.”  
 (Ephes. iv. 22, 23, 24.)

112. C. *Co a ta ’g oibreachadh a chaohlaidh so?*

*F.* Tha Spiorad Naomha Dhé.

113. C. *An aithne dhuinn an dòigh anns am bheil e ga thòirt so air aghaidh?*

F. Cha 'n aithne; gidheadh cha 'n fhaod sin uaith so amharus air bith bhi oirne mu ni a ta gu soilleir air a chur sìos 's na scriob-tuiribh, 's a ta air a dhearbhadh leis an toradh tha e giulan, mar a labhair ar Slànuigh-ear e fein re Nicodemus, “Tha a ghaoth  
 “ séideadh far an àill leatha, agus tha thu  
 “ a' cluinntinn a fuaim ach cha 'n 'eil fhios  
 “ agad cia as a tha i teachd, no c'ait a tha  
 “ i dol, is ann mar sin a tha gach neach a  
 “ tha air a bhreith o'n spiorad.” (Eoin iii. 8.)

114. C. *Nach 'eil uile ghràsan na beatha dhiadbuidh gu bhi air an cur as leth oibreachaidh an Spioraid Naoimb?*

F. Tha: tha araon an ceud dhealbh anns an anam, agus an leasachadh na dhéigh sin, gu bhi air am meas dhasan; agus uime sin, tha sinn a leughadh, cha 'n e 'mhàin mu  
 “ ath-nuadhachadh an Spioraid,” ach mar  
 an ceudna, mu “ naomhachadh an Spioraid.”  
 (2 Tesal. ii. 13.)

115. C. *Ciod is caithe-beatha dhoibhsan a mhothaich am mùghbudh so, agus mu 'm bheil*



*e air ràdb gu bheil iad a' toirt uapa Nuadh Umhlachd?*

F. Tha iad “màrbh do ’n pheacadh ach  
 “beo do Dhia trid Iosa Criosd an Tighe-  
 “earna,” (Rom. vi. 11.) Cha ’n ’eil iad  
 ni’s mò “a’ toirt am buill nan armaibh euc-  
 “arach do ’n pheacadh, ach,” trid creidimh,  
 aithreachais, is gràidh, “tha iad a’ toirt am  
 “buill nan armaibh fìreantachd do Dhia.”  
 (Rom. vi. 13.) “Tha iad a’ saothaireach-  
 “adh a ghnàth coguisean neo-lochdach a bhi  
 “aca thaobh Dhé agus a thaobh dhaoine.”  
 (Gnìomh. xxiv. 16.) Tha iad “ionraic  
 “am fianuis Dé, ag imeachd ann an uile  
 “àitheantaibh agus òrduighibh an Tighear-  
 “na gu neo-lochdach.” (Luc. i. 6.) Tha  
 iad “ag àicheadh gach mì-dhiadhachd agus  
 “anamhianna saoghalta, agus a’ caitheadh  
 “am beatha gu stuama, gu cothromach, a-  
 “gus gu diadhaidh, anns an t-saoghal so  
 “làthair.” (Tit. ii. 12.) &c.

115. C. *Nach feum d’ umhlachd do Dhia a bhi ’na umhlachd cridbe co maith agus ’na umhlachd o’n leith amuigh?*

F. Feumaidh: ma tha mo thograidh agus mo rùin saoghalta, truailidh, no air an toir-



measg 's an Scriobtuir, is nì soilleir e nach faod na gnìomhara a ta sruthadh uatha so, a bhì taitneach do Dhia. Cha 'n fhaod mi umhlachd thoirt uam chum gu faicte le daoibh mi, no gu 'n deanainn buannachd de dhiadhachd, ach o urram naomh do dh' uachd-ranachd agus glòir Dhé; o ghràdh treibhdhireach do m' Thighearn agus do m' Shlànuighear; o smuainte ceart do thaobh luigh-eachd agus peanas an ath-shaoghail, agus o nithibh eile de 'n ghné sin.

118. C. *Nach feum thu, ann a' d'umhlachd, spèis a bhì agad do lagh an Tighearna gu h-uile?*

F. Feumaidh: do bhri' 's gur e lagh Dhé an aon riaghailt ris an còir dhomh mo smuainte agus mo gnìomhara a chumadh; agus chionn nach 'eil an lagh sin a' ceadachadh mi-ghnàthachadh air bith, no dearmad air dleasdanas air bith, 's eigin domh a bhì 'g iarraidh mi fein “ a ghlanadh o gach uile “ shalachar feola, agus spioraid;” (2 Corin. vii. 1.) agus gu 'm bithinn “ coilionta “ anns gach uile dheadh obair, chum mi a “ dheanamh a thoilesan.” (Eabb. xiii. 21.)

119. C. *Nach feum thu buanachadh 's a bhi dol am feothas ann a' d' umhlachd?*

F. Feumaidh : 's eigin domh a bhi “ a' sàr-mheudachadh ann an obair an Tighearna.” (1 Corin. xv. 18.) agus mo shlighe a bhi “ mar an solus dealrach a dhealraicheas ni 's mò agus ni 's mò gu ruig an la iomlan.” (Gnathfhoc. iv. 18.)

120. C. *Chum 's gun gabh thu Suipeir an Tighearna gu h-ìomchuidh an eigin do d' umhlachd a bhi 's an staid iomlan sin mu 'n robh thu a nis a' labhairt?*

F. Cha n-eigin : 's còir dhomh gu cinnteach a ghnàth bhi ri dìchioll umhlachd co iomlan a thoirt do Dhia 's a ta a laghsan ag iarraidh ; ach, a chionn gu bheil Suipeir an Tighearna i fein 'n a meadhon àraidh a shònruicheadh gu m' neartachadh chum an umhlachd iomlan so a thoirt uam, 's còir dhomh an t-òrdugh so a ghabhail le sùil a bhi agam ris a cheart chrìoch sin. Is sochair Suipeir an Tighearna a bhuineas dhoibhsan a ta “ lag” co maith agus dhoibhsan a ta “ laidir” 's a chreidimh ;” dhoibhsan a ta “ na 'n naoidheana” co maith agus dhoibh-

san a ta “ nan daoine iomlan ann an Iosa  
 “ Criosd.”

121. C. *Cia fhada, ma ta, a tha Nuadh  
 Umblachd feumail anns a chùis so?*

F. Tha e feumail an fhad so;—feumaidh  
 mi bhi cinnteach, gu bheil fuath agam do  
 gach ni peacach, 's gur e mo làn-mhiann  
 am peacadh a thrèigsinn; feumaidh mi tog-  
 raidh dhùrachdach a mhothachadh gu 'm  
 bithinn “ réidh ri Dia ann an Criosd, agus  
 “ annsan air m' ath-chruthachadh chum  
 “ deadh oibribh;” agus, 's eigin gu 'n do  
 chuir mi romham gu treibh-dhireach, le  
 earbsadh iorasail a cuideachadh gràis Dé,  
 gu 'm bithinn, o so suas, dileas agus fìrinn-  
 each ann an coilionadh m' uile dhleasdanais.

122. C. *C'arson a ta na nithe so co feum-  
 ail chum 's gu gabhadh tu Suipeir an Tighear-  
 na gu b-ìomchuidb?*

F. A thaobh 's gum biodh na nithe so a  
 bhi dh' easbhuidh orm gu tur neo-f hreagarr-  
 ach do 'n chrìoch mu 'n còir dhomh Suipeir  
 an Tighearn a ghabhail; oir is òrdugh so a  
 chuireadh air chois, cha n ann amhàin chum  
 cuimhne thaingeil air Criosd a chumail suas,  
 ach mar an ceudna, a nochdadh mo làn-dòch-

as ann am bàs an Ti sin “ a thug e fein air  
 “ ar<sup>s</sup>son chum gu ’n saoradh e sinn o gach  
 “ aingidheachd, agus gu ’n glanadh e dha  
 “ fein sluagh sònraichte, eudmhor mu dheadh  
 “ oibribh.” (Tit. ii. 14.)

123. C. *Am bheil ni air bitb eile, a bhàrr  
 air an fhein-cheusnachadh so mu ’n robh sinn  
 a labhairt, feumail duit mu ’n gabh thu Suipeir  
 an Tighearna?*

F. Tha: bu chòir dhomh a bhi gu tric a’  
 gnàthachadh ùrnuigh dhùrachdach ri Dia.

124. C. *Ciod iad na nithe is còir dbuit  
 iarruidh o Dbia ann an ùrnuigh gu sònruichte  
 aig an àm so?*

F. Is còir dhomh ghuidhe gu ’n d’ thug-  
 adh Dia dhomh neart chum mi fein a rann-  
 sachadh agus a dhearbhadh, agus gu ’n tuig-  
 inn da rìreadh staid mo chridhe agus mo  
 chaithe-beatha fein; gu ’m faicinn le tuille  
 soillearachd nithe na diadhachd; gu ’n deon-  
 aicheadh e dhomh na gràsan a ta dhith orm,  
 agus gu ’n leasaicheadh e na gràsan a fhuair  
 mi cheana; gu ’n daignicheadh e mo  
 chreidimh, gu ’n lasadh e mo ghràdh, gu ’n  
 deanadh e m’ fhuath do ’n pheacadh agus  
 mo rùin a bhi naomh, a neartachadh, agus

gu sònraichte; gu 'n deònaicheadh e dhomh a Spiorad Naomh chum mo theòrachadh gu bòrd an Tighearna, agus gu bhi maille rium 'nuair a ta mi a' copàirteachadh.

125. C. *Co an t-ainm 's an còir dbuit ùrnuigh a dheanamh?*

F. Ann an ainm an Tighearna Iosa Crìosd, neach is e “ an t-aon eadar-mheadhonair eadar Dia agus daoine.” (1 Tim. ii. 5.)

126. C. *Ciod a ta thu a' ciallachadh le cur suas d'ùrnuighe an ainm Chrìosd'?*

F. Cha 'n 'eil mi le so a' ciallachadh amhàin luaidh a dheanamh air ainm-san; ach a bhi 'g earbsa, le m' uile chridhe, 'n a fhìreantachdsan amhàin, chum gu 'n gabhte ri m' achuinge, agus gu 'm faighinn na beannachda a ta mi ag iarraidh.

127. C. *Ciod a' mhisneach a ta agad gu bhi 'g iarraidh nam beannachda so o Dbia?*

F. Dh'innseadh dhuinn gu bheil “ an Spiorad Naomh a' deanamh còmhlanadh le'r “ n-anmhuinneachd,” 's an t-seadh so. (Rom. viii. 26.) 'S e Crìosd e fein “ ar Fear-tagraidh maille ris an Athair.” (1 Eoin ii. 1.) Agus a ta esan gu soilleir ag innse dhuinn “ Ge b'e air bith nithe a dh'iarra-

“ as sibh ann bhur n-ùrnuigh, ma chreideas sibh, gheibh sibh iad.” (Mat. xxi. 22.)  
 (’se e sin, co fhad ’s a bhios iad so chum ar maith fein.)

128. C. *Nach còir buanachadh ann an ùrnuigh aig gach àm, co maith agus mu ’n gabh thu, agus ’nuair a ta thu a’ gabbail, Suipeir an Tighearna?*

F. Is còir: thaobh ’s gur e ùrnuigh co-chomunn ar anama ri Dia, cha ’n fhaod mi air chor air bith smuaineachadh, gu bheil mothachadh ceart agam air fìor dhiadhachd, mar ’eil mi gach là agus a ghnàth a’ coimhead an dleasnais so.

129. C. *Cìod a ta an Scriobtuir ag ràdh air a cheann so?*

F. “ Buanaichibh ann an ùrnuigh, a’ deanamh faire innte le breith buidheachais.” (Col. iv. 2.) “ Deanaibh ùrnuigh gun sgar.” (1 Tesal. v. 17.) “ Is còir ùrnuigh a dheanamh a ghnàth agus gun fhannachadh.” (Luc. xviii. 1.) “ Na biodh ro chùram ni sam bith oirbh, ach san uile ni le h-ùrnuigh agus asluchadh maille re breith-buidheachais, biodh bhur

“ n-iartuis air an deanamh aithnichte do  
 “ Dhia.” (Philip. iv. 6.)

130. C. *Am bheil na briathra so gu bbi  
 air an tuigsinn ceart mar a ta iad air an cur  
 sios ?*

F. Cha 'n'eil : oir nam biodh, cha bhiodh  
 e comasach dhuinn gèill a thoirt dhoibh, gun  
 dearmad a dheanamh air gach aon dleasdanas  
 ach ùrnuigh amhàin. 'S e tha na briathran  
 a' ciallachadh, gur còir dhuinn a ghnàth  
 spiorad ùrnuigh agus achuinge a bhi againn,  
 a nochdas e fein gu minic ann an dian-thag-  
 radh ri Dia aig cathair a ghràis.

131. C. *Nach 'eil ni-eigin a thuilleadb  
 air iarrtus fillt' a steach ann an ùrnuigh ?*

F. Tha : tha ùrnuigh a' gabhail a steach,  
 mar an ceudna, Moladh Dhe, Aidmheil peac-  
 aidh, agus Breith-buidheachais air son  
 tròcairean.

132. C. *C'ionnas is còir dhoibh so bbi air  
 an cur an céill, air dbuit fughbair a bbi agad  
 Suipeir an Tighearna a ghabhail ?*

F. Is còir dhomh Dia a mholadh air son  
 taisbeanadh ro òirdheirc a bhuanhanna, gu  
 h-àraidh a cheartais 's a thròcair 'n ar saorsa,  
 mar air a chur an céill ann san òrdugh so.



Is coir dhomh mo pheacanna fein aideachadh le h-irioslachd agus le bròn, chionn gum b'iad mo pheacanna-se, ann an cuid, ceann-aobhair fulangais mo Shlànguighear' 'nuair “ a bha a chorp air a rèubadh agus fhuil “ air a dòrtadh air a chrann.” Agus, is còir dhomh aidmheil a dheanamh le mòr thaingeachd, air na sochairean lionmhor agus luachmhor a ta Dia a' buileachadh trid bàis a Mhic ghràdhaich, air am bheil mi gu cuimhne a chumail aig a bhòrd naomha.

133. C. *An ann air do shon fein amhàin is còir dbuit ùrnuigh a dheanamh air an àm so ?*

F. Cha 'n ann : is còir dhomh ùrnuigh a dheanamh mar an ceudna gu sònraichte air son an luchd-comunachaidh, agus air son an luchd-teagaisg a ta chum an t-òrdugh a fhrithealadh.

134. C. *Ciod na b-ùrnuighean bu chòir dbuit a chuir suas as leth an luchd-teagaisg ?*

F. Gu 'm m'òthaich iad cudthrom na h-oibre anns am bheil iad a' saothaireachadh; gu 'm biodh iad air an neartachadh chum an dleasdanas cudthromach so a fhrithealadh, agus gu 'm biodh iad air an deanamh comas-

ach focal iomchuidh a labhairt, bhios a chum teagaisg agus chum comhfhurtachd.

135. C. *Am bheil thu ag earbs' anns an luchd-teagaisg air son buannachd na Sàcramainte, 'nuair a ta thu mar so a' deanamh ùrnuigh air an son?*

F. Cha 'n 'eil: tha mi ag earbsa ann am beannachadh an Tighearna, mar an t-aon ni a dh' fhaodas an t-òrdugh so no meadhon air bith eil' a dheanamh eifeachdach chum slàinte; ach gidheadh, ann an Sàcramaint na Suipeire, tha dleasdanas chudthromach aig luchd-teagaisg r'a choilionadh, agus air chinnte, tha e fiachaicht orm guidhe gu dùrachdach gu 'm biodh iadsan air an uigheamachadh chum so a dheanamh le buaidh.

136. C. *Ciod na b-ùrnuighean bu chòir dbuit a chur suas air son an luchd-comunachaidh?*

F. Bu chòir dhomh ghuidh gu 'm biodh iad air an " ullmhachadh do rèir ullmhachadh an ionaid naoimh;" gu 'm biodh iad nan aoidheanan taitneach aig bòrd an Tighearna; gu 'm biodh an uile ghràsan ann am beo-chleachdadh; agus, gu 'm faigheadh iad

o 'n òrdugh so gach uile bhuannachd a ta sruthadh uaithe.

137. C. *C'ionnas bu chòir dhuit thu fein a ghiulan an àm dhuit suidhe sìos aig bòrd an Tighearna, agus 'nuair a ta thu gabhail combarran faicinneach na Sàcramaint ?*

F. Bu chòir dhomh smuaineachadh nach 'eil mi amhàin an làthair mo cho-chreutairean, a dh' fhaodas a bhì air am mealladh le coltas na diadh'achd, ach an làthair an Dé Uile-chumhachdaich e fein, Neach nach fhaodar a mhealladh, do 'm bheil smuaintean diomhair a chridh làn-fhaicinneach, agus a dh'innis duinne gu 'm “ bàsaich dòchas a chealgair.”—Bu chòir dhomh, uime sin, “ an fhèisd a chumail, cha' n ann le taois “ ghoirt a mhi-ruin agus an uilc, ach le “ aran neo-ghoirtichte an *treibh-dhireis* agus “ na *firinn*.” (S Cor. v. 8.)—Le cridhe cràbhach spioradail, co maith agus le giulan beusach o 'n leth a muigh, 's còir dhomh dichìoll a dheanamh gach cùram saoghalta fhuadachadh a mach, gach smuain pheacach agus neo-iomchuidh chumail fa smachd, agus m' inntinn gu léir a shocrachadh air an t-seirbheis chudthromach tha dol air a h-agh-

aidh. Bu chòir dhomh gàirdeachas a dheanamh gu bheil sochair co luachmhor air a bhùileachadh orm, agus gàirdeachas a dheanamh “ le ball-chrith ” ’nuair a smuainicheas mi cia neo-airidh mise am beannachd so a shealbhachadh. Bu chòir dhomh beachdachadh le mòr thaingeachachd agus le teas-ghràdh, air caithe beatha agus giulan, air fulangais agus bàis an t-Slànuighear ghràs-mhor sin a thubhairt “ deanaibh so a chumail cuimhne “ ormsa.” Bu chòir dhomh beachdachadh, le creidimh, air an iobart réite mhòir sin a thug esan suas air son peacaidh, agus aithneachadh ’s a mhothachadh, ’nuair a ta mi ag itheadh an aran, ’s ag òl an fhìona, gu bheil mi ag aontachadh air an dòigh is cud-thromaiche ris a chumhnanta naomh agus thròcaireach sin a rinn esan a dhaigheachadh le fhuil. Bu chòir dhomh a nis m’ anam agus mo chorp, mo chridhe agus mo bheatha, “ a thoirt suas dhasan a ghràdhaich mi “ agus a thug e fein air mo shon.” (Galat. iv. 23.) Agus a rùnachadh, oscionn cuimhneachan a bhàis, agus ann an neart a ghràis fein, “ gu ’n d’ thoir mi glòir do Dhia ann “ mo chorp agus le m’ spiorad as le Dia,”

(1 Cor. vi. 20.) le bhi 'g am àicheadh fein do gach anamhiann feolmhor, “le bhi coimh-  
 “lionadh naomhachd ann an eagal Dé.”  
 (2 Cor. vii. 1.) agus le m' bheatha a chaith-  
 eadh, a mheud 's a ta e an comas domh, ann  
 an sìth agus ann an seirc ris na h-uile dhaoin-  
 ibh.

138. C. *Ciod bu chòir dhuit a dheanamh  
 an dèigh dhuit Suipeir an Tighearna a ghabh-  
 ail*

F. Bu chòir dhomh buidheachas a thoirt  
 do Dhia air son an comas a thug e dhomh  
 an t-òrdugh so a choimhead, agus m' achuinge  
 a chur suas ris-san gu 'n cuidicheadh e leam  
 feum iomchuidh a dheanamh dheth.

139. C. *Nach bu chòir dhuit a rìs cuibh-  
 rinn do d'ùin a chaitheadh ann am féin-cheas-  
 nachadh?*

F. Bu chòir : tha an cridhe co ro chealg-  
 ach; tha sinn co ullamh giulan cràbhach  
 o'n leth amuigh chuir ann an àite fìor dhiadh-  
 achd, agus a ta òrdugh na Suipeire na  
 ghnòthuch co chudthromach eadar Dia agus  
 an t-anam 's gu bheil fein-cheasnachadh  
 ceart co feumail an dèigh dhuinn Suipeir an  
 Tighearn' a gabhail 's a bha e roimhe.

140. C. *Ciod iad na nithe air am bu chòir dhuit thu fein a cheasnachadh?*

F. Bu chòir dhomh mi fein a cheasnachadh do thaobh mo ghiulain agus a thaobh mo mhothachaidh aig bòrd an Tighearna.

141. C. *Ciod a dh'fhaodas tu fhiosrachadh, air dhuit thu fein a cheasnachadh a thaobh do ghiulain 'nuair a bha thu aig bòrd an Tighearna?*

F. Theagamh gun robh mo ghiulan mì-chùramach, neo-fhaicilleach, mì dhiadhaidh; gun robh mo smuaintean mu nithe faoin, ag itheadh agus ag òl gun bheachd spioradail agus gun mhothachadh cràbhach; no, faodaidh e bith, gu robh m' aigne suidhichte air nithe nèamhaidh, 's gu 'n do ghabh mi an t-òrdugh so gu h-ìomchuidh.

142. C. *Ciod e do dhleasdanas ma tha thu a' smuaineachadh gu 'n do ghabh thu Suipeir an Tighearna gu h-ìomchuidh?*

F. Is còir dhomh buidheachas a thoirt do Dhia, ughdar nan tiodhlacan agus nan gràs a ta mi a' mealtuinn, chionn gu 'n do neartaich esan mi chum copàirteachadh air mhodh freagarrach agus taitneach.

143. C. *Ciod e do dbleasdanas ma tha thu a 'm beachd nach do ghabh thu Suipeir an Tighearna gu b-ìomchuidh?*

F. Is còir dhomh mi fein irisleachadh an làthair Dhé, guidh' airsan gu 'm maitheadh e dhomh am peacadh da 'n robh mi ciontach, agus a rùnachadh, trid a ghràis 'g am chuid-eachadh, so a sheachnadh gu cùramach 's gach uile àm ri teachd.

144. C. *Ach nach 'eil neo-ìomlaineachd an co' lorg do chopàirteachaidh is fearr?*

F. Tha : tha peacadh agus neo-fhoirfeachd a dlù-leantuinn nan dleasdanas as fearr a ta mi deanamh, agus uime sin, tha aobhar agam a ghnàth mi fein isleachadh, ach is còir dhomh a bhi ni 's ro chùramaiche a dheanamh so, 'nuair a ta mo neo-ìomchuidh-eachd toileil, agus a 'sruthadh o m' mhi-chùram fein ann an dleasdanasaibh cràbh-ach.

145. C. *Ciod a dbfbaodas tu fbiosrach-adb air dbuit thu fein a cheasnachadb thaobh a mhotbachtaidh sin a bba agad 'nuair a bba thu aig bòrd an Tighearna?*

F. Theagamh gu 'n d'fhuair mi comh-fhurtachd agus sòlas agus buannachd ; no

theagamh nach d'fhuair mi h-aon do na nith-ibh so, ach gu 'n do mhothaich mi trumadas agus sgìos, agus dìth nam beannachda sin a ta an t-òrdugh so a' gealltuinn, agus air a shon an do chuireadh air chois e.

146. C. *Ciod e do dbleasdanas ma fhuair thu sòlas agus buannachd aig bòrd an Tighearna?*

F. 'S e mo dhleasdanas a bhi taingeil do'n Ti sin a rinn an t-Sàcramaint so eifeachdach, trid a ghràis, chum sìth agus aoibhneas agus buannachd a thoirt dhomh; agus is còir dhomh a bhi cùramach mo thaing-ealachd a chur an céill, le bhi a' coimhead leis an tuilleadh faicill, uil òrduighean agus àitheanta an Tighearna.

147. C. *Ciod e do dbleasdanas ma bha do mhothachadh gun sòlas agus gun buannachd aig bòrd an Tighearna?*

F. 'S e mo cheud dhleasdanas rannsachadh gu cùramach agus treibh-dhireach a dh'fhaicsinn cionnas a thachair so, agus 's e mo dhleasdanas, air a lorg sin, a bhi 'g oidheirpeachadh trid gach meadhon iomchuidh, so a sheachnadh na dhéigh sin, chum agus o'n àm sin amach, gu 'n gabh mi Suipeir an



Tighearna le tuille buannachd agus tairbhe.

148. C. *Nach 'eil neo-thairbheachd Suip-eir an Tighearna do ghnàth a 'sruthadb o choir-eigin air taobh an neach a ta 'g a gabhail?*

F. A ta: is firinn choitchionn e “ ma dhlùthaicheas sinne ri Dia gu 'n dlùthaich “ esan ruinne,” (Seum. iv. 8.) agus, uime sin, mar 'eil sinn a' faotainn buannachd o'n òrdugh so, tha aobhar againn smuaineachadh nach robh ar n-ullachadh mar bu chòir dha bhi, gun ro fiuthair againn ri nithe mi-riasonta, no, gun robh ar giulan aig Bòrd an Tighearna gu tur neo-ìomchuidh.

149. C. *Ciod a ta so a' teagasg dhuinn?*

F. Tha so a' teagasg dhuinn, 'nuair a ta sinn le làn umhlachd do thoil an Tighearna, ri bròn do thaobh 's nach d'fhuair sinn an sìth agus an sòlas sinn a bha sinn ag earbsa a bhi aig an àm cheudna, a' fiosrachadh ciod an “ ni aingidh sin” a chuir, aig an àm so, “ dealachadh eadar Dia agus sinne,” agus a rinn ar “ n-anama ciòcrach” a chumail o bhi “ air an sàsachadh le nithibh maithe,” agus “ air neart o bhi air ath-nuadh-achadh mar an iolair.” (Salm. ciii. 5.)

150. C. *Nach 'eil gnè mbothachaidh ann ris am bheil cuid de mhuinntir aineolach aig earbsa ; ach ris nach faod thusa dòchas a bhli agad aig Bòrd an Tighearna ?*

F. Tha : cha 'n fhaod mi dòchas a bhli agam ri grad-mhothachadh air bith air mo thuigse, no ri dùsgadh cumhachdach air bith air mo chridhe no air m' aigne, oir ged nach comasach do ni air bith Spiorad an Tighearna a chumail o bhli 'g oibreachadh air an dòigh iongantach so, gidheadh tha esan am bidheantas ag oibreachadh air atharrachadh dòigh, gu ciùin agus gu h-uaigneach, agus is meadhon Sàcramaint na Suipeiré trid am bheil e ag oibreachadh gu riasanta air inntinnibh agus aignibh dhaoine.

151. C. *Ciod an gnè mbothachaidh ris am faod thu dòchas a bhli agad, o nùdur na diadhbachd gu b-iomlan, agus o ghne Sàcramaint Suipeir an Tighearna gu sònraichte ?*

F. Tha aobhar-dòchais agam gu 'm moth-aich mi an comhfhurtachd agus an sòlas sin a ta 'g éiridh o bheachda creidmheach air an iobart sin a thug Criosd suas ; gu 'm moth-aich mi an tuilleadh bròin air son peacaidh, 'nuair a chi mi na nithe sin a dh'fhuing

Criosd air a sgàth; gu 'm bi mo ghràdh dhasan ni 's mò agus ni 's déine, 'nuair a chi mi am mòr luach sin a dhìol esan gu toil-each chum mo shaoradh; gu 'n crìon gach fearg do m' cho-bhràithribh am chridhe, 'nuair a ta leithid a dhearbhadh soilleir agam air mòr-thròcair Dhé do m' thaobh fein; agus, ann an ath-ghaoirid, gu 'm faigh mi beachda nis freagarraiche agus ni 's mairrionnaiche, air na fìrinnibh ro luachmhor sin a ta stéidhte air bàs Chrìosd, agus ris am bheil sonas m' anam' an earbsa.

152. C. *Cia b'e mar dh'fhaodadh do ghiulan no do mbothachadh aig Bòrd an Tighearn a bhì, nach 'eil e fiachaicht ort na mòidean sin a choimhlionadh fo 'm bheil thu tighinn le bhì a gabhail na Sàcramaint so?*

F. Tha gun amharus: a thaobh 's gu 'n do mhòidich mi do 'n Tighearna, agus a chionn 's gu bheil mo mhòidean cha 'n e 'mhàin laghail ach ro fheumail, tha araon mo dhleasdanas agus mo bhuannachd fein ga chuir mar fhiachaibh orm mo mhòidean a choilionadh leis an uile dhìchioll.

153. C. *Ciod e an caith-beatha sin ris an*

*bheil thu le d' mhòid aig bòrd an Tighearna  
ga d' cbeangal fein?*

F. A leithid do chaithe-beatha 's a ta air  
àithneadh le toil agus le focal Dé. “ Ma  
“ rinn mi aing'eachd roimhe 's eigin domh  
“ a bhì nis ag oidheirpeachadh nach dean  
“ mi sin ni 's mò.” (Iob. xxxiv. 32.) Ma  
bha mi beo am choigreach do Chrìosd, 's  
eigin domh a nis “ mi fein àicheadh, mo  
“ chrann-ceusaidh a thogail gach là, agus esan  
“ a leantuinn.” (Luc. ix. 23.) Ma chuir  
mi suarrach cùram m' anama, 's eigin domh  
a nis so a thoirt fainear mar “ an t-aon ni  
“ feumail.” Ma bha mi roimhe a gràdhach-  
adh mo Shlànuighear 's a' deanamh seirbheis  
dha, 's eigin domh a nis a bhì 'g iarruidh  
esan a ghràdhachadh ni 's mò agus a thoil  
a dheanamh ni 's fearr na rinn mi riamh ;  
ann an aon fhocal, 's éigin domh an ni so  
a mheas mar m' àrd ghnòthuch “ a bhì fàs ann  
“ an gràs agus ann an eolas” (eolas slàn-  
teil air a nochdadh le deadh-oibribh) “ mo  
“ Thighearn' agus mo Shlànuighear Iosa  
“ Crìosd.” (2 Pead. iii. 18.)

154. G. *Cìod a ta sinn ri smuaineachadh  
mu thimchioll na muinntir sin a ta, an déigh*

*àboibh Suipeir an Tighearn' a ghabhail, 'g an toirt fein suas mar rinn iad roimhe, do sbligh-ibh an t-saoghail agus a pheacaidh ?*

*F.* Cha bu chòir dhuinn breith obann no chruaidh a thoirt air duine sam bith ; ach gu cinnteach tha a mhuinntir so a taisbeanadh nach robh iad dà rìreadh “ maille ri “ Criosd,” agus nach “ d'fhoghlum iad “ uaith-san.” An dara cuid cha robh an aidmheil treibh-dhireach, no, tha iad 'g an giùlan fein calg-dhireach an aghaidh “ an “ deadh aidmheil sin a rinn iad,” agus anns gach seadh dhiubh so, tha an giùlan ro chiontach.

155. *C.* *Nach 'eil giùlan na muinntir so ro chionail ?*

*F.* Tha : tha mòr chron ann doibh fein, oir a ta e ag an-tromachadh an ciontaidh, agus a ta mòr chron ann do 'n diadhachd, oir a ta so a' cuir droch eiseimpleir fa chomhair muinntir eile, 's a' toirt aobhar misnich do dhaoineibh aingidh agus neo-chreidmheach a bhi labhairt toibheum, 's a bhi deanamh tàir air an t-soisgeul, agus ri fanoid air òrduighean.

156. *C.* *Ach nach 'eil daoine neo-chreid-*

*mbach, le bbi'g an giulan fein mar so do thaobh an t-soisgeil, neo-chothbromach agus mi-iomcbuidh ?*

*F.* Tha : oir 's còir breith a thoirt air an t-soisgeul, mar air gach nì eile, o bhuidh agus o eifeachd fein, is o na nithibh a ta 'ga dhearbhadh ; agus cha 'n e coireadh an t-soisgeil ma tha a mhuinntir a ta 'g a aideachadh 'g an giulan fein gu h-aingidh ; no, ma bheirear breith air an t-soisgeul o ghiulan luchd-aidmheil, 's còir breith a thoirt amh-àin o ghiulan na muinntir sin a ta da rìreadh 'g a chreidsinn, 'sa tha toirt umhlachd d'a àitheantaibh.

157. C. *Ach do bbrìgh gu bheil naimbde ar creidimh gu minic a toirt breith agus a' labhairt mu dhiadb'achd o ghiulan luchd aidmheil, nach d'thigeadh dbuit uime sin a bbi gu sònraichte faicilleach ?*

*F.* Thigeadh gu cinnteach : air dhomh Sàcramaint Suipeir an Tighearn a ghabhail, agus an aidmheil fhollaiseach sin a dheanamh a ta so a' ciallachadh, thigeadh dhomh a bhi gu h-àraid faicilleach “ gu 'n gluais-  
“ inn ann an gliocas a thaobh na droinge  
“ sin a ta 'n leth a muigh,” (Colos. iv. 5.)

a bhi “ seachnadh uile choslas uile” (1 Tessel. v. 22.) agus a bhi toirt air mo sholus “ dealrachadh an làthair dhaoineibh chum “ ’s gu faic iad mo dheadh oibre, agus gu’n “ d’thoir iad glòir do m’ Athair a ta air “ nèamh.” (Mat. v. 16.)

158. C. *Am bheil e ’na riason maith gu bbi fuireach amach o Bhòrd an Tighearna, gu bheil daoine ullamb am mòidean comunachaidh a dhi-chuimbneachadh ?*

F. Cha ’n ’eil so ’na riasan maith : oir ’s co maith a dh’ fhaodas sin a ràdh nach còir gealladh air bith a thoirt chionn ’s gu faod e bith nach coilionar e ; no nach còir cùmhnantan air bith a dheanamh, thaobh ’s gu bheil cùmhnantan gu minic air am briseadh. Ach a thuilleadh air so, is dleasdanas a ta air àithneadh dhuinn Suipeir an Tighearn’ a ghabhail, agus feumaidh sinn an dleasdanas so a choilionadh ma ’s miann leinn a bhi umhail do dh’ ùghdaras Chrìosd. Agus air dhuinn an t-òrdugh so a choimhead, ’s còir dhuinn saothair a dheanamh chum ’s gun gluaiseamaid da rèir ; ni a dh’ fhaodas sinn gu cinnteach a dheanamh le còmhnadh Chrìosd, “ air dhasan mo neartachadh,” ars

an t-Abstol, “ is urra’ mi na h-uile nithe a  
 “ dheanamh.” (Philip iv. 13.)

159. C. *Nach bu chòir do thoradh do  
 chopàirteachaidh a bhi air an nochdadh anns  
 gach dùimh agus inbhe ’s am faod thu  
 bithh?*

F. Bu chòir: tha Luchd-comunachaidh  
 a’ teachd fo gheallaine aig Bòrd an Tighear-  
 na, a tha ruigheachd air gach inbh agus  
 gach staid fa leth. Tha iad a’ gealltuinn gu’n  
 dean iad “ teagaisg Dhé an Slànuighear  
 “ maiseach anns gach uile nithe;” (Tit. x.  
 2.) agus uime sin, ma bha iad treibh-dhir-  
 each ’n an aidmheil, bithidh iad ri dichioll a  
 bhi o sin suas. ni ’s iriosail ann an socair,  
 agus ni ’s faighidnich’ ann an triobluid; ni  
 ’s adhartaich a sheasamh an aghaidh buair-  
 idh, ni ’s dichiollaich chum buannachd fhaot-  
 ainn o mheadhonaibh agus o òrduighibh nan  
 gràis; agus ni ’s dleasdanaich’ mar dhaoine  
 pòsda ’s mar mhnathan pòsda, mar phàrantan  
 agus mar chlann, mar mhaighistearan agus  
 mar sheirbhisich, mar uachdarain agus mar  
 iochdarain, mar choimhearsnaich agus mar  
 chairdean.



160. C. *Nach 'eil a bheatha sin a ta thu, aig Bòrd an Tigbearna, gabbail o 's laimh a chaitbeadh, 'n a beatha chunnartaich agus dhocrach ?*

F. Tha : tha mi air mo chuaireachadh le buaireannaibh co lionmhor, tha naimhde co cumhachdach agam ri' cath 'n an aghaidh, agus tha mo chridhe fein co truailidh agus co ceannairceach, 's nach urrainn e gun bhì cruaidh agus deacair a bheatha chreidmheach naomha sin a chaitheadh, a ta mo Shlànuighear ag iarraidh, agus air an aobhar sin, tha a bheatha Chrìosduidh air a gairm 's an Scriobtuir na *h-uallaich*, 'n a *cuing*, agus 'na *crois*.

161. C. *Am bheil na focail so a' ciallachadh gu bheil a bheatha Chrìosduidh as eugmbais sòlais ?*

F. Cha 'n 'eil : cha 'n urrainn iad so a chiallachadh ; oir ged tha beatha a Chrìosduidh na *h-uallaich*, tha an uallach eatrom ; ged is cuing i, tha a chuing so-ìomchar ; ged is crois i, tha innte, dhoibhsan a ta 'g a giulan, aoibhneas co maith agus dòrainn. 'S e so an cunntas tha air a thoirt 's an

Scriobtuir, agus 's e so mothachadh gach fìor dheisciobuil do Chrìosd.

162. C. *Nach 'eil caithe-beatha a Chrìosduidh a' co'-sheasamb ri sinn a bhi da rìreadh a mealtuinn an t-saoghail so?*

F. Tha: sin ri ràdh, faodaidh am fìor Chrìosduidh uile thoileachas-inntinn *neo-lochdach* an t-saoghail so a mhealtuinn, agus do'n fhìor Chrìosduidh tha iad sud lionmhor; tha e a' seachnadh nan truaighe sin a ta do ghnàth a' leantuinn a pheacaidh; tha e saor o'n ro chùram sin agus na deuchainnean a tha gu minic a cràdh nan aingidh, chionn gu bheil e “ a gnàthachadh an t-saoghail so mar “ neach nach 'eil 'g a mhi-ghnàthachadh,” air dha bhi deirbhte gun d' théid “ sgeimh “ an t-saoghail so seachad” (1 Cor. viii. 31.) agus tha nithe maith, seadh agus droch nithe na beatha so, a' toirt aobhar -sòlais dha is leis fein amhàin, thaobh 's gu bheil stéidh a chreidimh a' teagasg dha a bhi 'g am meas sud mar mheadhona, trid am bheil e air a dheanamh comasach “ deagh stéigh a thasgaidh “ suas dha fein fa chomhair an àm ri “ teachd, chum 's gun dean e greim air a “ bheatha shiorruidh.” (1 Tim. iv. 8.)

163. C. *Ach aig an àm cheudna, nach 'eil iadsan ann am mòr mbealachd a tha tòiseachadh air beatha a Chrìosduidh, no buanachadh innte, a tha ann am barail nach 'eil ni air bitb innte ach nithe taitneach agus so-dheanta?*

F. Tha: oir ged a tha “gealladh na beatha a ta làthair” aig an diadhachd (1 Tim. vi. 19.) agus ged “is mòr sìth na muinntir a ta toirt gràidh do lagh an Tigh-earna” (Salm. cxix. 165.) gidheadh tha an Scriobtuir a' cur an céill, a's tha gach fìor Chrìosduidh comasach fianuis a thogail do dh'fhìrinn na teisteis so, gu 'r lionmhor deuchainn chruadalach agus gàbhadh cruaidh, gu'r iomad mi-mhisneach agus doilghios, a ta ceanguilte ri' bhì creidsinn agus a gnàthachadh an t-soisgeil.

164. C. *Nach d' rinn Dia chùl-taic agus sòlais ullachadh dbuit a ta làn-fbreagarrach do gach meath-inntinn agus do gach cruaidh-chas dhiubb sin?*


F. Rinn: gach aon chùl-taic agus sòlais a bha feumail do m' staid, ris am b' ion domh fiughair a bhì agam no iarruidh.

165. C. *Ciod iad an cuideachadh agus an sòlais so?*

F. Dearbh bheachd gun dean Dia “ a  
 “ ghràs iomchuidh air mo shon, agus a  
 “ chumhachd foirfe ann am anmhuinneachd.”  
 (2 Cor. xii. 9.) Barantas o Dhia gu ’n  
 d’trug Crìosd cheana buaidh air mo naimhde  
 spioradail, agus d’a thridsan, gum faigh gach  
 fìor chreidmheach tuilleadh a’s buaidh.  
 Gealladh gu ’n d’ thoirear an Spiorad Naomh  
 dhoibhsan a dh’iarras e, chum gu ’m fan e  
 maille riu gu bràth, agus gu ’n treoraich e  
 iad ’s an t-slighe shiorruidh. Agus chuir-  
 eadh romham dearbh-chinnt air neo-bhàs-  
 mhoireachd ghlòrmhor a’s uile-shonadh air  
 nèamh, ma bhios mi fìrinneach eadhon  
 chum bàis. Leis na nithibh so chum mis-  
 neach a thoirt domh agus gu m’ bhrosnach-  
 adh, tha agam gach aobhar, cha ’n e ’mhàin  
 a bhi “ seasmhach agus neo-ghluasadach,”  
 ach a bhi dol air m’ aghaidh an slighe a  
 “ Chrìosduidh, a’ deanamh mòr ghàirdeach-  
 “ as le h-aobhneas air dol thar labhairt, agus  
 “ lùdo ghlòir.”

CRIOCH.











7

